



Frèam-obrach leasachadh càileachd airson nan roinnean tràth-ionnsachaidh agus cùram-cloinne:

Tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne

Lùnastal 2025



Clàr-innse

Ro-ràdh	3
Comharran càileachd an fhrèam-obrach	4
Prionnsabalan an fhrèam-obrach seo	5
Am pròiseas fèin-luachaidh	6
Dreuchdan agus dleastanasan luchd-sgrùdaidh	7
Sgrùdadh	8
Slatan-tomhais ìreachaidh	9
Structar an fhrèam-obrach	11
Ceannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan	12
Sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach	18
Ceannardas air leasachadh leantainneach	23
Clann a' faighinn eòlas air sàr àitichean	28
Cluich, ionnsachadh agus leasachadh	35
Curraicealam	41
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	46
Cùram agus taic altraim	52
Sunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd	60
Adhartas chloinne	67
Dìon chloinne	72

Ro-ràdh

Tha am frèam-obrach fèin-luachaidh seo a' toirt taic do leasachadh càileachd ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-cloinne. Faodaidh a h-uile seirbheis tràth-ìrean a chleachdadh. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-airich- chloinne agus solaraichean chùram-chloinne aois sgoile. Cleachdaidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) am frèam-obrach airson sgrùdadh a dhèanamh air suidheachaidhean tràth-ìrean, a' dèanamh cinnteach gu bheil na sgrùdaidhean sin mionaideach agus ag amas air leasachadh càileachd a' chùraim agus an fhoghlaim a tha ga thoirt seachad.

Tha am frèam-obrach seo, a tha stèidhichte air còraichean, na dhòigh-obrach iomlanach airson measadh a dhèanamh air cùram, cluich agus foghlam. Tha comharran càileachd ann a bheir taic do mheòrachadh. Cuidichidh iad thu le bhith a' comharrachadh chleachdaidhean a tha ag obair agus raointean a dh'fheumas leasachadh.

Aig cridhe obair Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh tha dèanamh cinnteach gu bheil clann:

- sàbhailte agus air an dìon bho chron
- a' faighinn cùram agus gun urrainn dhaibh soirbheachadh
- a' faighinn sàr chothroman ionnsachaidh is leasachaidh

Cleachdaidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh am frèam-obrach airson obair còmhla ri seirbheisean tràth-ìrean agus buidhnean thar-roinne gus càileachd agus èifeachdas fèin-luachaidh a leasachadh.

Comharran càileachd an fhrèam-obrach

Faodaidh comharran càileachd do chuideachadh a' luachadh coileanadh aig gach ìre. Bu chòir dhut luachadh a chleachdadh bho gach earrainn gus beachdachadh air cothroman airson leasachadh. Faodaidh comharran càileachd do chuideachadh le bhith a' tuigsinn an diofar a tha thu a' dèanamh, dè an ath rud dh'fheumas tu a dhèanamh, agus mar a nì thu atharrachaidhean adhartach.

Tha na comharran càileachd air an seòrsachadh fo cheithir cinn chudromach:

- ceannardas
- clann a' soirbheachadh agus a' leasachadh ann an sàr àitichean
- clann a' cluich agus ag ionnsachadh
- clann a' faighinn taic gus coileanadh

Tha am frèam-obrach a' tabhann comharran càileachd airson nan roinnean a leanas:

Tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne

Bu chòir na comharran càileachd airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-cloinne a chleachdadh airson a h-uile seòrsa solair, seach seirbheisean airich-chloinne is cùram-cloinne aois sgoile.

Aireach-cloinne

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim ag aontachadh gum bu chòir do luchd-airich-chloinne a bhios a toirt seachad cùram le, no às aonais, maoinachadh, fèin-luachadh a dhèanamh an aghaidh nan comharran càileachd a lorgar anns an t-susbaint shònraichte a tha a' buntainn ri airich-chloinne. Tha seo a' ciallachadh nach fheum luchd-airich-chloinne a bhios a toirt seachad cùram maoinichte, fèin-luachadh a dhèanamh an aghaidh comharran càileachd sam bith eile anns an fhrèam-obrach nas fharsainge no susbaint shònraichte a bharrachd a' buntainn don roinn.

Faodaidh luchd-airich-chloinne a tha a' libhrigeadh chùraim-chloinne aois sgoile, fèin-luachadh a dhèanamh air an t-seirbheis aca le bhith a' cleachdadh nan comharran càileachd san t-susbaint shònraichte do dh'airich-chloinne cuideachd.

Cùram-cloinne aois sgoile

Bu chòir seirbheisean a tha a' toirt seachad cùram taobh a-muigh na sgoile na comharran càileachd airson cùram-cloinne aois sgoile a chleachdadh.

Prionnsabalan an fhrèam-obrach seo

Tha am frèam-obrach seo stèidhichte air prionnsabalan [Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne](#) agus nan [Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta](#).

Prionnsabalan Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne

Tha am frèam-obrach seo a' nochdadh dealas a thaobh dèanamh cinnteach gum fàs clann an-àrd gu sàbhailte le gaol is spèis orra, agus a' faighinn taic gus an urrainn dhaibh an làn chomas a choileanadh. Tha an dòigh-obrach seo stèidhichte air còraichean na bhunait air mar a bhios seirbheisean air a' libhrigeadh do chloinn agus mar a bhios luchd-sgrùdaidh a' luachadh càileachd. Tha am frèam-obrach seo a' beachdachadh air ceithir prionnsabalan coitcheann còraichean chloinne:

An aghaidh lethbhreith: tha clann air an dìon bho lethbhreith agus thathas a' dèiligeadh riutha gu cothromach.

Leas as fheàrr dhan a' phàiste: nuair a bhios iad a' dèanamh co-dhùnadh sam bith, feumaidh inbhich dèanamh an rud as fheàrr airson clann seach iad fhèin. Tha seo a' gabhail a-steach riaghaltasan agus gnìomhachasan. Anns gach sgrùdadh, bidh leas agus còraichean chloinne aig cridhe gach cùise.

Mairsinn agus leasachadh: feumar taic a thoirt do chloinn gus tighinn gu ìre anns an dòigh a tha iad fhèin ag iarraidh, gun bhuaidh chronail orra.

Spèis do bheachdan chloinne: feumar feart a thoirt do bheachdan chloinne.

Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta

'S e seata de phrionnsabalan agus builean a th' anns nan Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta a tha a' stiùireadh a h-uile seirbheis slàinte, cùram sòisealta agus obair-shòisealta ann an Alba, a' gabhail a-steach a h-uile seirbheis tràth-ionnsachaidh agus cùram-cloinne. Bu chòir beachdachadh a thoirt do nan Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta còmhla ris an fhrèam-obrach seo. Feumar nan Inbhean seo a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gum faigh leanabanan, clann is daoine òga sàr chùram coibhneil a tha freagarrach dhaibh.

Tha nan Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta ceangailte gu dlùth ri "[Gealladh na h-Alba](#)" agus "[Gealladh nan Corrag Beaga](#)", sin, gealladh na h-Alba dèanamh cinnteach gum fàs leanaban, clann is daoine òga uile an-àrd "gu sàbhailte le gaol is spèis orra gus an urrainn dhaibh an làn chomas a choileanadh". Chaidh beachdachadh gu faiceallach air na geallaidhean nuair a chaidh am frèam-obrach seo a chruthachadh.

Am pròiseas fèin-luachaidh

Tha comharran càileachd anns an fhrèam-obrach a tha ag amas air raointean sònraichte de chleachdadh. Cuidichidh iad thu le bhith a' comharrachadh nan neartan anns an obair agad an-dràsta. Seallaidh iad cuideachd dòighean airson builean a leasachadh do chloinn agus an teaghlaichean.

Cuidichidh fèin-luachadh thu a' sgrùdadh d' adhartais, do leasachadh agus do chleachdadh. Bidh am pròiseas fèin-luachaidh a' cleachdadh fianais gus meòrachadh air coileanadh. Cuidichidh e thu cuideachd gus planaichean-gnìomha leasachaidh a dhèanamh. Tha fèin-luachadh na phrìomh phàirt de leasachadh. Beachdaichidh luchd-sgrùdaidh air taobhan den fhèin-luachadh agad mar phàirt den phròiseas sgrùdaidh.

Tha am pròiseas fèin-luachaidh na phàirt de dhòigh-obrach nas fharsainghe airson càileachd a dhearbhadh. Feumaidh tu cearcall meòrachaidh a dhèanamh stèidhichte air na trì ceistean a leanas:

1. Ciamar a tha sinn a' dèanamh?
2. Ciamar a tha fios againn?
3. Dè tha sinn a' dol a dhèanamh a-nis?

Tha e cudromach gum bi fèin-luachadh furasta a dhèanamh. Bu chòir dhut beachdachadh air dè na raointean air a bheil thu airson luachadh a dhèanamh agus carson. Cleachd fianais gus taic a thoirt don anailis agad.

Faodaidh fèin-luachadh a bhith na mheasadh a tha a' coimhead air adhart cuideachd. Beachdaich air nithean sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air leasachadh. Dh'fhaodadh na nithean sin a bhith a' gabhail a-steach atharrachaidhean san sgioba-obrach, ath-structaradh no gainnead ionmhais.

Dreuchdan agus dleastanasan luchd-sgrùdaidh

Tha dleastanasan reachdail air Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim [fo earrainn 53 de dh'Achd Ath-leasachadh nan Seirbheisean Poblach \(Alba\) 2010](#) gus sgrùdaidhean a dhèanamh air a h-uile suidheachadh tràth-ìrean agus cùram-cloinne aois sgoile a tha clàraichte leotha.

Nì Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim sgrùdadh air a h-uile seirbheis chloinne ge bith a bheil an suidheachadh a' libhrigeadh na h-airidheachd mhaoinichte airson Tràth-ionnsachadh is Cùram-cloinne no nach eil. Is e amas an sgrùdaidh dèanamh cinnteach gu bheil cùram, cluich agus eòlasan ionnsachaidh den chàileachd as àirde aig a h-uile pàiste, ge bith dè an aois no suidheachadh.

Tha cumhachdan Ministearan na h-Alba a thaobh sgrùdadh ionadan is seirbheisean foghlaim air am mìneachadh ann an [Earrainn 66 de dh'Achd an Fhoghlaim \(Alba\)](#). Bidh "Luchd-sgrùdaidh an Rìgh" a' dèanamh sgrùdaidhean air ionadan foghlaim.

Fhuair Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025 aonta rìoghail san Lùnastal 2025. Ged nach deach a chur an gnìomh fhathast, tha e a' comharrachadh atharrachaidhean a dh'fhaodadh tighinn air an fhrèam-obrach reachdail airson sgrùdadh ionadan foghlaim. Tha am frèam-obrach seo a' co-thaobhadh ris an reachdas làithreach airson sgrùdadh foghlaim agus dh'fhaodadh gun tèid atharrachadh a dhèanamh air ma bhios sin iomchaidh gus riatanasan reachdail san àm ri teachd a nochdadh.

Cumaidh an dà bhuidheann-sgrùdaidh na dreuchdan agus na dleastanasan a th' aca an-dràsta. Cumaidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim orra a' sgrùdadh suidheachadh cùram-chloinne tràth-ìrean, a' gabhail a-steach suidheachaidhean luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile, ge bith a bheil iad a' toirt seachad seirbheis maoinichte no nach eil. Nì Luchd-sgrùdaidh an Rìgh sgrùdadh air ionadan a tha a' toirt seachad cùram-chloinne agus foghlam-tràth-ìrean maoinichte (seach luchd-airich chloinne).

Sgrùdadh

Tha am frèam-obrach co-roinnte seo a' toirt taic do dhòigh-obrach nas co-leantaileach agus nas cunbhalach a thaobh sgrùdadh air feadh na h-Alba. Cleachdaidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh am frèam-obrach airson sgrùdadh tràth-ìrean. Tha seo a' gabhail a-steach sgrùdaidhean a nì iad leotha fhèin agus nuair a bhios iad ag obair còmhla mar phàirt de sgrùdadh co-roinnte.

Cuiridh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim am frèam-obrach seo an sàs taobh a-staigh an dreuchd sgrùdaidh is riaghlaidh aca gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile eileamaid de tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne, airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile, maoinichte no às aonais maoineachaidh, na h-ìrean cùraim is ionnsachaidh as àirde.

Cumaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh orra a' luachadh càileachd eòlasan foghlaim chloinne a rèir riatanasan reachdail làithreach. Ann an cuid de shuidheachaidhean, faodaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh iomradh a thoirt air comhairle nàiseanta a bharrachd gus taic a thoirt do ghnìomhachd sgrùdaidh. Tha seo a' gabhail a-steach stiùireadh air Foghlam tron Ghàidhlig, agus feumalachdan taice a bharrachd, far a bheil sin iomchaidh. Tha comharran càileachd sònraichte anns an fhrèam-obrach airson sgrùdadh foghlaim. Cleachdaidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na comharran càileachd seo gus sgrùdadh a dhèanamh air suidheachaidhean a tha a' toirt seachad tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne maoinichte (seach luchd-airich-chloinne).

Tha dleastanasan dìon chloinne aig an dà bhuidheann. Tha prìomh dhearbhaidhean aig Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim ris am bi iad a' dèanamh sgrùdadh aig gach sgrùdadh. Tha dìon chloinne na phàirt de na prìomh dhearbhaidhean. Beachdaichidh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a bheil rèiteachaidhean iomchaidh aig suidheachaidhean foghlaim gus leas chloinne a dhìon agus adhartachadh.

Slatan-tomhais ìreachaidh

Tha an sgèile sia-phuing na inneal airson luachadh a dhèanamh air na comharran càileachd. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim ga chleachdadh airson aithris a dhèanamh air toraidhean sgrùdaidh. Faodaidh ùghdarrasan ionadail agus buidhnean riaghlaidh eile roghnachadh a chleachdadh airson adhbhar coimeas nàiseanta agus/no ionadail thar grunn shuidheachaidhean. Chan eil e riatanach do shuidheachaidhean fa leth iad fhèin a thomhas an aghaidh na sgèile sia-phuing ged a dh'fhaodadh iad roghnachadh sin a dhèanamh gus cuideachadh le bhith a' luachadh agus a' tuigsinn an coileanaidh.

Ìre: 6 Sàr-mhath

Tha seo a' ciallachadh gu bheil taobhan de dh'obair an t-suidheachaidh barraichte agus air thoiseach san roinn. Tha eòlasan agus coileanaidhean a h-uile pàiste de chàileachd fìor àrd. Tha seo a' riochdachadh ìre solarachaidh anabarrach math a tha na eisimpleir de dheagh chleachdadh air leth. Tha e stèidhichte air co-ionannachd agus in-ghabhalachd a choileanadh. Tha suidheachaidhean a' nochdadh tuigse phroifeasanta dhomhainn a bu chòir a roinn gus taic a thoirt do leasachadh air feadh na roinne. Tha e a' ciallachadh gu bheil ìrean coileanaidh fìor àrd seasmhach agus gun tèid an cumail an àird.

Ìre: 5 Glè mhath

Tha seo a' ciallachadh gu bheil fìor neartan san taobh seo de dh'obair an t-suidheachaidh. Chan eil mòran raointean ann airson leasachadh, agus chan eil gin a tha ann a' lughdachadh eòlasan na cloinne gu mòr. Tha luachadh de "glè mhath" a' riochdachadh ìre àrd de sholar airson a h-uile pàiste. Tha dùil ann gun lean an suidheachadh air adhart a' cleachdadh fèin-luachadh gus leasachaidhean a bharrachd a dhealbhadh. Obraichidh an suidheachadh a dh'ionnsaigh solar a leasachadh agus feuchaidh iad ri coileanadh a thogail gu sàr-mhath.

Ìre: 4 Math

Tha seo a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach ann an obair an t-suidheachaidh; ach, dh'fhaodadh cuid de chaisean an leasachadh. Tha fìor dheagh bhuaidh aig na neartan air cha mhòr a h-uile pàiste. Tha càileachd eòlasan air a lughdachadh ann an taobhan de sholar anns am biodh leasachadh buannachdail. Bu chòir don t-suidheachadh feuchainn ri raointean neart chudromach a leasachadh barrachd agus cuideachd ceumannan a ghabhail gus dèiligeadh ris na raointean a tha feumach air leasachadh.

Ìre: 3 Riarachail/iomchaidh

Tha seo a' ciallachadh gu bheil beagan a bharrachd neartan san taobh seo den obair na laigsean. Dh'fhaodadh buaidh mhath a bhith aig na neartan seo air eòlasan chloinne; ach, chan eil clann a' faighinn ach ìre iosal de sholar, a chuireas bacadh air càileachd iomlan an eòlasan. Dh'fhaodadh an ìre seo de chleachdadh a bhith ceadaichte ann an suidheachaidhean sònraichte, mar eisimpleir, far nach eil seirbheis no com-pàirteachas air a làn stèidheachadh fhathast no far a bheil atharrachaidhean

mòra a' tachairt. Chan eil coileanadh leantainneach aig an ìre seo iomchaidh. Feumaidh an suidheachadh togail air na neartan aca gus cleachdadh a leasachadh, a' cruthachadh deagh dh'eòlasan agus builean nas fheàrr dha na h-uile.

Ìre: 2 Lag

Tha seo a' ciallachadh gu bheil cuid de neartan ann, ach gu bheil laigsean chudromach anns an roinn seo de dh'obair an t-suidheachaidh. Tha na laigsean seo, leotha fhèin no còmhla, gu leòr airson eòlasan chloinne a mhilleadh. Feumar leasachaidhean a dhèanamh mar phrìomhachas. Às aonais leasachaidh, dh'fhaodadh leas, sàbhailteachd no ionnsachadh is leasachadh chloinne a bhith air am milleadh, no dh'fhaodadh nach deidheadh coinneachadh ris na feumalachdan fa leth aca. Feumaidh coileanadh lag, gnìomh leasachaidh sgiobalta. Feumar prìomhachas a thoirt do leasachaidhean structarail is seasmhach.

Ìre: 1 Neo-riarachail

Tha seo a' ciallachadh gu bheil laigsean mhòra ann an roinn dheatamach de choileanadh a dh'fheumas gnìomh sa bhad gus eòlasan agus builean chloinne a leasachadh. Dh'fhaodadh na laigsean seo a bhith co-cheangailte ri cùram, cluich no ionnsachadh, agus tha coltas ann gum bi cunnartan no easbhaidhean a tha gu tur mì-iomchaidh a' bagairt air leas, sàbhailteachd no ionnsachadh cloinne. Feumaidh an fheadhainn a tha cunntachail airson na gnìomhan leasachaidh, riatanach a dhèanamh, sin a chur air dòigh gun dàil. Feumar clann a dhìon agus piseach a thoirt air an sàbhailteachd, an sunnd agus an adhartas ann an ionnsachadh agus leasachadh. Feumaidh seo taic shònraichte bho àrd-mhanaidsearan ann a bhith a' dealbhadh agus a' coileanadh nan gnìomhan riatanach gus leasachadh a thoirt gu buil. Mar as tric bidh seo a' toirt a-steach obair còmhla ri luchd-obrach eile ann an suidheachaidhean no buidhnean eile.

Structar an fhrèam-obrach

Tha na comharran càileachd airson tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne (Tràth-ìrean) air an seòrsachadh fo cheithir cinn chudromach

Ceann-sgrìobhaidh	Comharran càileachd
Ceannardas	Ceannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan
	Sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach
	Ceannardas air leasachadh leantainneach
Clann a' soirbheachadh agus a' leasachadh ann an sàr àitichean	Clann a' faighinn eòlas air sàr àiteachan
Clann a' cluich agus ag ionnsachadh	Cluich, ionnsachadh agus leasachadh
	Curraicealam
	Ionnsachadh, teagasg agus measadh
Clann a' faighinn taic gus coileanadh	Cùram agus taic altraim
	Sunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd
	Adhartas chloinne
	Dion chloinne

Eisimpleirean de chleachdadh

Tha cuspairean aig a h-uile comharra càileachd gus taic a thoirt don fhèin-luachadh agad. Tha eisimpleirean de chleachdadh ann airson gach cuspair. Tha iad sin a' mìneachadh na dh'fhaodadh sinn fhaicinn ann an suidheachadh far a bheil càileachd an t-solair 'glè mhath' no 'lag'.

Ceannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan

'S e comharra càileachd Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a th' ann an ceannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh. Tha eisimpleirean de cheannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan rim faighinn cuideachd airson suidheachaidhean luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile.

Cuspairean airson ceannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- lèirsinn, luachan agus amasan
- fèin-luachadh, dearbhadh càileachd agus cur an gnìomh atharrachadh
- trusadh is inntrigeadh luchd-obrach

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh gum feum luchd-stiùiridh dèanamh cinnteach gu bheil sealladh àrd-amasach, co-roinnte aca a tha a' cuimseachadh air leasachaidhean agus builean adhartach dha na h-uile. Bu chòir gum biodh feallsanachd làidir ann de leasachadh leantainneach a neartaicheas sàr chleachdadh. Tha e ag amas air cunntachalachd, dleastanas, agus luachan co-roinnte mar fheartan chudromach ann a bhith a' togail agus a' cumail suas sgioba proifeasanta.

Tha e a' nochdadh cho cudromach 's a tha dòighean-obrach chom-pàirteachais a thaobh fèin-luachadh agus leasachadh leantainneach. Tha cuideam air an fheum air ceannardas làidir agus tuigse cho-roinnte air neartan agus raointean airson leasachadh. Bidh buaidh fèin-luachaidh agus dearbhadh càileachd a' leantainn gu deagh bhuilean seasmhach airson cloinn agus teaghlaichean.

Tha an comharra seo ag amas air riaghladh cho-dhùnaidhean mu luchd-obrach agus cho cudromach 's a tha seo airson càileachd eòlasan is builean iomlan chloinne. Tha e a' toirt taic do mhodhan trusaidh sàbhailte, stèidhichte air luachan a nì cinnteach gu bheil luchd-obrach air am fastadh aig a bheil trèanadh agus a tha comasach agus sgileil gus builean adhartach a bhrosnachadh do chloinn. Tha seo a' toirt a-steach prògram inntrigidh coileanta gus taic agus stiùireadh a thoirt do luchd-obrach nan dreuchdan agus nan dleastanasan.

Tha fòcas soilleir air cleachdadh a cho-thaobhadh ri poileasaidh, reachdas agus frèamaichean-obrach is inbhean stèidhichte air còraichean nàiseanta. Tha seo a' gabhail a-steach 'Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne' (UNCRC) agus Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta, a bheir taic do luchd-obrach ann a bhith a' libhrigeadh cùram altram sàbhailte agus freagairteach a choinnicheas ri feumalachdan fa leth chloinne.

Eisimpleirean de lèirsinn, luachan agus amasan

Lèirsinn, luachan agus amasan a tha “glè mhath”

Bidh sinn a’ brosnachadh, a’ cumail suas agus air leth dealasach a thaobh lèirsinn cho-roinnte a tha a’ nochdadh nan ìrean as àirde airson cloinn, teaghlaichean, com-pàirtichean agus a’ choimhearsnachd nas fharsainghe. Tha clann is teaghlaichean air an gabhail a-steach gu gnìomhach ann an dealbhadh agus ath-sgrùdadh ar lèirsinn, ar luachan agus ar n-amasan. Tha iad sin a rèir àrd-mhiannan ar cloinne agus ar teaghlaichean. Tha seo a’ dèanamh cinnteach gu bheil leasachaidhean sam bith a tha san amharc a’ toirt aire iomchaidh do chòraichean, ùidhean, cheistean, fheumalachdan agus roghainnean chloinne.

Bidh luchd-stiùiridh a’ cruthachadh àrainneachd far a bheil a h-uile duine a’ faireachdainn misneachail a thaobh atharrachadh fiosraichte a thòiseachadh agus uallach a ghabhail airson a’ phròiseis. Cuidichidh seo sinn a’ tuigsinn dè tha cudromach nuair a thathar a’ coinneachadh ri feumalachdan chloinne is theaghlaichean. Bidh conaltradh èifeachdach a’ dèanamh cinnteach à sealladh soilleir air ar lèirsinn, ar luachan agus ar n-amasan gus am bi an sgioba luchd-obrach nas fharsainghe, clann is teaghlaichean air an toirt a-steach ann a bhith gan coileanadh.

Tha ar luachan air an cur an sàs ann am beatha làitheil an t-suidheachaidh agus a’ toirt buaidh air ar cleachdadh. Tha ceannardas stèidhichte gu soilleir air prionnsabalan sàr chùram-chloinne is ionnsachaidh, conaltradh gnìomhach le cloinn agus an teaghlaichean, agus cultar deagh chàileachd.

Lèirsinn, luachan agus amasan a tha “lag”

Chan eil ar lèirsinn, ar luachan no ar n-amasan soilleir. Chan eil iad air an cruthachadh gu h-èifeachdach le clann, teaghlaichean, com-pàirtichean agus a’ choimhearsnachd nas fharsaing, no air an conaltradh riutha gu h-èifeachdach. Chan eil ach beagan fòcais againn air cudromachd leasachaidh.

Chan eil clann is teaghlaichean a’ faighinn seirbheis a tha a rèir nam miannan co-roinnte aca. Chan eil fios aig a h-uile duine a tha an sàs san t-suidheachadh air ar lèirsinn, ar luachan agus ar n-amasan, no air an dreuchd aca fhèin ann a bhith gan adhartachadh. Chan eil taic aig ar luchd-obrach gus meòrachadh air an lèirsinn, na luachan agus na h-amasan ann an dòigh bhrìoghmhor, agus mar sin chan eil iad sin air an nochdadh nan cleachdadh.

Chan eil mòran buaidh aig atharrachaidhean, a thèid a dhèanamh air ar cleachdadh agus air an t-suidheachadh, air cloinn is teaghlaichean. Tha strì an aghaidh atharrachadh ann a bheir droch bhuaidh air ar comas builean nas fheàrr a libhrigeadh. Tha cothroman gan call airson meòrachadh agus atharrachadh adhartach a thoirt gu buil airson cloinn, teaghlaichean agus a chèile.

Eisimpleirean de dh'fhèin-luachadh, dearbhadh càileachd agus cur an gnìomh atharrachadh

Fèin-luachadh, dearbhadh càileachd agus cur an gnìomh atharrachadh a tha “glè mhath”

Le fèin-luachadh amasach a tha air a dhèanamh gu ciallach, is urrainn dhuinn cùram is ionnsachadh àrd-inbhe a libhrigeadh a tha freagarrach do dh'fheumalachdan is roghainnean chloinne is theaghlaichean. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdan chloinne, theaghlaichean is chom-pàirtichean a' fiosrachadh leasachadh agus gu bheil iad aig cridhe ar pròiseas fèin-luachaidh.

Bidh ar luchd-stiùiridh a' sealltainn far a bheil na beachdan sin a' fiosrachadh atharrachaidh, agus a' dèanamh cinnteach à leasachadh agus builean adhartach do chloinn is do theaghlaichean. Bidh sinn a' meòrachadh còmhla agus a' cleachdadh nam meòrachaidhean sin gus atharrachadh adhartach a thoirt gu buil.

Tha inbhean agus dùilean aontaichte aig ar gnìomhan dearbhadh càileachd agus modarataireachd, a tha a' gabhail a-steach sgrùdadh agus cruinneachadh dàta aig an àm cheart, a tha gach ball den luchd-obrach a' tuigsinn. Tha fianais air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu chàileachd an t-solair agus gus dòighean-obrach leasachaidh iomchaidh a chomharrachadh.

Tha atharrachadh seasmhach a' tachairt airson gu bheil an t-astar atharrachaidh iomchaidh. Tha cleachdadh air leth èifeachdach air a chomharrachadh agus air a cho-roinn taobh a-staigh agus taobh a-muigh na seirbheis gus leasachaidhean a chur air adhart a tha air leantainn gu builean adhartach do chloinn.

Bidh luchd-stiùiridh a' dèanamh cinnteach gu bheil sàr ionnsachadh tro chluich aig cridhe dealbhadh leasachaidh. Tha leasachadh, soirbheachas agus coileanadh leantainneach airson a h-uile pàiste aig cridhe cur an gnìomh ro-innleachdan leasachaidh. Tha iad sin buntainneach do chomhairle ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta, agus thathar a' cleachdadh rannsachadh gu h-èifeachdach gus taic a thoirt do nan atharrachaidhean smaoineachail.

Fèin-luachadh, dearbhadh càileachd agus cur an gnìomh atharrachadh a tha “lag”

Tha ar fèin-luachadh airson leasachadh aig ìre thràth agus mar thoradh air sin is ann ainneamh a bhios ar leasachaidhean no atharrachaidhean air cleachdadh air an cumail suas. Chan eil clann is teaghlaichean an sàs gu brioghmhor anns a' phròiseas fèin-luachaidh againn. Mar thoradh air sin, chan eil iad a' faireachdainn gu bheil iad fiosraichte mu atharrachaidhean no carson a tha iad a' tachairt.

Chan eil ar clann agus ar teaghlaichean a' faighinn cùram sàbhailte de dheagh chàileachd air sgàth planadh leasachaidh neo-chunbhalach agus neo-èifeachdach. Tha dìth sgilean agus comais san sgioba againn a' cur bacadh air ar comas taic a thoirt do leasachaidhean agus an stiùireadh gu h-èifeachdach.

Chan eil sinn a' toirt cothrom èifeachdach do luchd-obrach no do theaghlaichean gearanan a thogail no leasachaidhean a mholadh le misneachd. Chan eil luchd-stiùiridh a' freagairt gu sgiobalta ri fios-air-ais, agus mar sin tha atharrachadh ro shlaodach airson leasachaidhean a thoirt gu buil.

Cha deach cothrom a ghabhail gus raon de chom-pàirtichean a thoirt a-steach no a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt don phlanadh leasachaidh againn. Tha sinn air iomall chùisean agus is dòcha nach eil sinn eòlach air beachdan nàiseanta mar thoradh air sin. Tha beàrnan mòra anns na raointean a tha còmhdaichte leis na siostaman dearbhadh càileachd againn. Chan eileas a' comharrachadh neo-chunbhalachd ann an cleachdadh gu h-iomlan agus chan eil sin a' sealltainn far a bheil raointean airson leasachadh. Mar thoradh air sin, tha eòlasan agus builean chloinne bochd, leis nach eil neo-chunbhalachd ann an cùram air a chomharrachadh gu h-iomlan agus chan eil sin a' sealltainn far a bheil raointean airson leasachadh.

Eisimpleirean airson trusadh is inntrigeadh luchd-obrach

Trusadh is inntrigeadh luchd-obrach a tha “glè mhath”

Tha luchd-stiùiridh ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e sgioba seasmhach is sgileil a thrusadh agus a chumail airson sunnd chloinne is luchd-obrach.

Tha luchd-obrach air an trusadh ann an dòigh a tha stèidhichte air gach roinn de chleachdaidhean fastaidh nas sàbhailte. Bidh luchd-stiùiridh a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach ùr air an trusadh gu sàbhailte agus gu bheil iad a' tuigsinn an dleastanasan san sgioba. Bidh sinn a' toirt prìomhachas do thrusadh stèidhichte air luachan le bhith a' conaltradh gu soilleir na luachan as cudromaiche dhuinn agus a' beachdachadh a bheil luachan nan tagraichean a' co-thaobhadh. Tha cothroman aig cloinn is teaghlaichean a bhith an sàs sa phròiseas ann an dòigh bhrìoghmhor. Tha iad air an cumail fiosraichte agus air an cur an aithne luchd-obrach ùr no sealach.

Tha prògraman inntrigidh againn a tha mionaideach agus sònraichte do gach neach gus coinneachadh ris na diofar dhleastanasan san sgioba. Bidh luchd-stiùiridh a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach ùr misneachail ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne fa leth. Bidh sinn a' cleachdadh raon de ghoireasan, a' gabhail a-steach 'Tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne: goireas inntrigidh nàiseanta', gus luchd-obrach ùr agus an fheadhainn ann an dreuchdan ùra uidheamachadh leis an eòlas agus na sgilean a tha riatanach airson cùram àrd-inbhe a thoirt do leanabanan is clann.

Tha pròiseasan soilleir againn airson luchd-obrach a mheantoradh agus a chuideachadh, le ùine air a riarachadh gus seo a thoirt air adhart. Tha meantoran soilleir mu na dreuchdan agus na dleastanasan aca, agus tha fiosrachadh sgrìobhte aca air am faod iad coimhead. Còmhla, tha na dòighean-obrach seo a' toirt taic do bhuilean àrd-inbhe airson a h-uile pàiste.

Trusadh is inntrigeadh luchd-obrach a tha “lag”

Dh'fhaodadh na modhan trusaidh leas no sàbhailteachd chloinne a chur ann an cunnart. Dh'fhaodadh eileamaidean chudromach den phròiseas a bhith air an

dearmad. Mar eisimpleir, sgrùdadh bheàrnan ann an eachdraidh cosnaidh no clàran smachdachaidh; no leigeil le luchd-obrach tòiseachadh ag obair mus tèid na sgrùdaidhean riatanach uile a dhèanamh no fhaighinn.

Chan eil anns a' phròiseas inntrigidh againn ach aon thachartas a tha ag amas air poileasaidhean agus modhan-obrach a mhàin. Chan eil mòran aire ga thoirt do dh'fheumalachdan cùraim, taice agus ionnsachaidh chloinne. Mar thoradh air sin, chan eil am fiosrachadh gu lèir a dh'fheumas luchd-obrach ùr, gus cùram agus taic a thoirt do chloinn gu sàbhailte, aca.

Chan eil rèiteachaidhean meantoraidd, ma tha iad ann idir, air an deagh bheachdachadh agus chan eil iad a' toirt taic do luchd-obrach gus an dreuchd aca a thuigsinn nas fheàrr. Chan eil ùine gu leòr air a thoirt do luchd-obrach a tha a' gabhail os làimh dreuchdan meantoraidd gus seo a dhèanamh gu math.

Ceistean dùbhlain airson ceannardas agus riaghladh luchd-obrach agus ghoireasan

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' toirt a-steach daoine eile gus lèirsinn agus adhbhar co-roinnte a leasachadh airson ar suidheachaidh.
- Dè cho math 's a tha ar lèirsinn, ar luachan agus ar n-amasan a' toirt buaidh air ar cleachdadh làitheil?
- Dè a' bhuidheachas a th' aig ar lèirsinn, ar luachan agus ar n-amasan air leasachadh càileachd an tràth-ionnsachaidh agus a' chùram-cloinne a bheir sinn seachad?
- Ciamar a tha fios againn gu bheil na pròiseasan dearbhadh càileachd againn a' leasachadh builean do chloinn is do theaghlaichean?
- Dè cho math 's a tha luchd-obrach a' tuigsinn an dleastanas a th' orra a thaobh leasachadh tro fhèin-luachadh?
- Gu dè an ìre a bhios cumhachd aig luchd-obrach gus atharrachaidhean a dhèanamh?
- Ciamar a tha sgrìobhainnean deagh-chleachdaidh agus stiùireadh nàiseanta air an leantainn gu leasachadh ann an eòlasan agus builean chloinne?
- Ciamar a chleachd sinn guthan chloinne gus ar cleachdadh agus ar solar a luachadh agus fhiosrachadh?
- Ciamar a bhios sinn a' toirt ar teaghlaichean is cloinn an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil pàirt aca san turas leasachaidh againn?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil pròiseasan trusaidh luchd-obrach a' nochdadh deagh chleachdadh làithreach agus stiùireadh nàiseanta?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas trusaidh againn a' tàladh dhaoine leis na luachan, na sgilean agus an t-eòlas ceart airson na dreuchd?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil na pròiseasan inntrigidh againn air an dealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan dhiofar dhreuchdan is dhleastanasan luchd-obrach?

Sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach

'S e comharra càileachd Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a th' ann an sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh. Tha eisimpleirean de sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach rim faighinn cuideachd airson luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile.

Cuspairean airson sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- sgilean, eòlas agus luachan luchd-obrach
- cur an sàs luchd-obrach

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' cuimseachadh air cho cudromach 's a tha eadar-obrachaidhean sgileil gus misneachd chloinne adhartachadh agus gus buaidh mhath a thoirt air am beatha fhad 's a bhios iad a' leasachadh agus ag ionnsachadh. Tha e a' nochdadh do luchd-obrach cho cudromach 's a tha leasachadh proifeasanta leantainneach air a bhrosnachadh tro chleachdadh fìor èifeachdach de mheòrachadh, fios-air-ais agus taic. Tha e ag aithneachadh gum bu chòir ionnsachadh proifeasanta a bhith air a dhealbhadh gu math agus air a stiùireadh le fianais agus rannsachadh ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bu chòir seo ath-sgrùdadh agus a mhaidseadh ri feumalachdan comharraichte luchd-obrach fa leth.

Tha mothachadh ann gum bu chòir clàradh proifeasanta iomchaidh a bhith aig luchd-obrach agus gum bu chòir dhaibh na còdan cleachdaidh iomchaidh a thuigsinn agus cumail riutha. Tha feum air cultar adhartach, coibhneil agus freagairteach far am bi clann a' soirbheachadh.

Tha an comharra seo ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil ìrean agus cur an sàs an sgioba-obrach a' toirt aire do raon sgilean an luchd-obrach, a bharrachd air cleachdaidhean agus gnìomhan làitheil. Tha e ag aithneachadh gum feumar luchd-obrach an cur an sàs gu freagairteach agus cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach iomchaidh ann tron latha agus feadh na seachdain. Tha tuigse ann air an fheum air leantainneachd luchd-obrach a thoirt do chloinn. Cuideachd aig an aon àm seirbheis shàbhailte, àrd-inbhe a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach às na builean as fheàrr do chloinn.

Eisimpleirean airson sgilean, eòlas agus luachan luchd-obrach

Sgilean, eòlas agus luachan luchd-obrach a tha “glè mhath”

Tha tuigse shoilleir againn air mar a bhios clann ag ionnsachadh agus a’ leasachadh, agus tha àrd-mhiannan againn airson coileanadh chloinne. Bidh sinn a’ dèanamh deagh fheum de chothroman leasachaidh proifeasanta a tha ceangailte gu dìreach ri builean nas fheàrr do chloinn, na feumalachdan ionnsachaidh fa leth aca agus ar plana leasachaidh. Tha rannsachadh, cleachdadh as fheàrr, poileasaidh nàiseanta is ionadail, reachdas bunaiteach, [‘Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne’](#) agus [Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta](#) gan cleachdadh sa phròiseas seo.

Tha raon farsaing de chothroman aig luchd-obrach còmhraidhean proifeasanta a chumail agus an cur an sàs gus fiosrachadh a thoirt do chleachdadh. Tha sinn air leth meòrachail agus bidh sinn an sàs anns na còmhraidhean seo stèidhichte air an obair gus eòlas agus èifeachdas fa leth an sgioba a thogail. Bidh sinn a’ cumail chlàran bhrìghmhor de bhuidhean ar n-ionnsachaidh agus ar leasachaidh agus tha plana gnìomha ionnsachaidh soilleir againn.

Le stiùireadh air leth èifeachdach, is urrainn dhuinn a bhith soilleir mu ar dleastanasan. Tha comharrachadh soirbheachais agus ionnsachadh bho mhearachdan na phàirt riatanach den fheallsanachd againn. Tha seo a’ leantainn gu cultar fosgarrachd far a bheil sinn moiteil a bhith ag obair san t-suidheachadh againn agus sàbhailte bruidhinn mu chleachdadh nuair a thachras mearachdan. Bidh luachan co-roinnte a’ stiùireadh ar n-obrach agus a’ leantainn gu builean adhartach do chloinn. Far a bheil feum air, bidh luchd-obrach air an clàradh le buidheann phroifeasanta agus a’ leantainn nan còdan cleachdaidh aca gu h-èifeachdach.

Sgilean, eòlas agus luachan luchd-obrach a tha “lag”

Tha droch bhuidhean air càileachd nam builean agus nan eòlasan do chloinn is do theaghlachan leis nach eil sinn a’ gabhail pàirt ann an ionnsachadh proifeasanta gus ar cleachdadh a leasachadh, no air ar comasachadh gus sin a dhèanamh.

Far a bheil feumalachdan ionnsachaidh air an comharrachadh, chan eil iad air an toirt air adhart gu h-iomlan. Tha seo ag adhbhrachadh bheàrran anns an eòlas agus na sgilean proifeasanta againn, a bheir droch bhuidhean air eòlasan chloinne.

Far a bheil eòlas iomchaidh aig luchd-obrach, chan eil seo air a cho-roinn gu h-èifeachdach air feadh an sgioba. Chan eil còmhraidh proifeasanta ann gus taic a thoirt do leasachadh is ionnsachadh a chèile. Mar thoradh air sin, chan eil clann a’ faighinn buannachd bho eòlas is sgilean co-roinnte san sgioba.

Chan eil sinn a’ tuigsinn gu h-iomlan ar dleastanas a thaobh clàradh proifeasanta a chumail an àrd. Far a bheil feum air clàradh le buidhnean proifeasanta, chan eil e iomlan/slàn no dh’fhaodadh gun tèid a leigeil seachad. Is dòcha nach toir luchd-obrach aire gu leòr do na còdan cleachdaidh nan obair. Tha droch bhuidhean aig seo air càileachd eòlasan chloinne, a’ meudachadh chunnartan agus a’ lughdachadh earbsa anns an t-seirbheis againn.

Eisimpleirean airson cur an sàs luchd-obrach

Cur an sàs luchd-obrach a tha “glè mhath”

Tha luchd-stiùiridh fosgailte agus onarach mu cho-dhùnaidhean a thaobh luchd-obrach. Bidh iad a’ dèanamh feum fìor èifeachdach den eòlas agus na sgilean eadar-mheasgte aig an sgioba-obrach gus dèanamh cinnteach gum bi clann a’ faighinn ionnsachadh is cùram sàbhailte agus freagairteach.

Tha rèiteachaidhean ann gus leantainneachd chùraim a bhith ann tron latha, tron t-seachdain agus tron eòlas thràth-ionnsachaidh agus cùruim do chloinn uile, a’ dèanamh cinnteach à deagh eadar-ghluasadan agus conaltradh le teaghlaichean. Gus dèanamh cinnteach gu bheil seo cunbhalach, tha amannan fois air an dealbhadh gus buaidh air clann a lughdachadh ach aig an aon àm leigeil le luchd-obrach fois a ghabhail.

Bidh luchd-obrach a’ conaltradh gu math, tha iad sùbailte agus a’ toirt taic dha chèile. Bidh sinn ag obair mar sgioba gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach gan cur an sàs gu h-èifeachdach ann a bhith a’ dèanamh cinnteach à sàr eòlasan agus builean do chloinn. Bidh dòighean-obrach airson cur an sàs luchd-obrach a’ dèanamh cinnteach gu bheil an ìre iomchaidh de thaic aig luchd-obrach ùr no neo-eòlach bho cho-obraichean eòlach. Leigidh seo leinn sgilean agus eòlas a cho-roinn air feadh an sgioba agus a bhith misneachail gu bheil sinn ag obair gu math còmhla.

Bidh rèiteachaidhean airson neo-làthaireachd luchd-obrach, an dà chuid air an dealbhadh agus gun dealbhadh, a’ cur na buaidh as lugha air clann. Bidh clann air an ullachadh ro-làimh airson neo-làthaireachd a’ phrìomh neach-obrach aca, far a bheil sin comasach.

Cur an sàs luchd-obrach a tha “lag”

Chan eil sinn a’ faireachdainn gun urrainn dhuinn cùisean no draghan a thogail mu shàbhailteachd is sunnd chloinne mar thoradh air co-dhùnaidhean mu chur an sàs luchd-obrach. Chan eil sinn a’ gabhail uallach airson bheàrnan sam bith anns an sgioba-obrach a shoilleireachadh agus tha cothroman leasachaidh air an call.

Tha conaltradh agus obair-sgioba eadarainn gann, agus tha sin ag adhbhrachadh bheàrnan ann an eadar-obrachadh agus stiùireadh chloinne tron latha. Tha an dìth sùbailteachd agus taic air feadh an sgioba-obrach a’ cur bacadh mòr air càileachd eòlasan agus builean do chloinn. Chan eil misneachd againn bruidhinn mu mhearachdan, agus dh’fhaodadh seo cron a dhèanamh air cloinn.

Chan eil na rèiteachaidhean againn airson amannan nas tringe den latha èifeachdach ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn coinneachadh gu h-iomlan ri feumalachdan chloinne. Bidh obair a’ fàs stèidhichte air gnìomhan seach cothroman airson deagh chom-pàirteachadh agus eadar-obrachadh. Chan eil sinn an-còmhnaidh a’ faighinn fois gu leòr no bidh sinn a’ gabhail fois aig àm nuair a tha feum air barrachd aire a ghabhail air clann, leithid aig àm bìdh.

Tha cleachdaidhean is eòlasan chloinne air an cur bun-os-cionn leis gu bheil droch riaghladh air na h-ullaichidhean airson neo-làthaireachd dhealbhaichte. Chan eileas ag innse do chloinn is teaghlaichean an-còmhnaidh cuin a bhios luchd-obrach dheth agus chan eil iad air an ullachadh airson luchd-obrach sealach, no air aithne a chur orra.

Ceistean dùbhlain airson sgilean, eòlas, luachan agus cur an sàs luchd-obrach

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Ciamar a chleachdas sinn fèin-luachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-eòlas agus na sgilean iomchaidh aig luchd-obrach gus taic a thoirt do chloinn gus a bhith cho math 's as urrainn dhaibh a bhith?
- Dè cho math 's a tha ionnsachadh proifeasanta a' toirt deagh bhuaidh air builean chloinne agus ciamar?
- Ciamar a thogas sinn air sgilean agus ùidhean fa leth a bhios a' leantainn gu leasachaidhean airson clann?
- Ciamar a bhios sinn a' com-pàirteachadh le, agus a' brosnachadh ceannardas aig gach ìre?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' meudachadh chothroman do luchd-obrach a bhith ag obair agus ag ionnsachadh còmhla?
- Dè na dòighean-obrach a bhios sinn a' cleachdadh a thaobh ghnìomhan gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn taic fad an latha?
- Ciamar a choinnicheas cleachdadh luchd-obrach ri feumalachdan chùraim is taice gach pàiste fa leth tron t-seisean?
- Ciamar a bhrosnaicheas sinn deagh fheallsanachd agus a bheir sinn taic do shunnd luchd-obrach?
- Ciamar a tha fios againn gu bheil e a' còrdadh ri luchd-obrach a bhith ag obair an seo agus a' faireachdainn gu bheil iad an sàs ann an sgioba èifeachdach?
- Ciamar a bhios sinn a' beachdachadh air sunnd luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt seachad cùram sàbhailte is àrd-inbhe agus na builean as fheàrr do chloinn?

Ceannardas air leasachadh leantainneach

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a th' ann an ceannardas air leasachadh leantainneach. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh.

Cuspairean airson ceannardas air leasachadh leantainneach

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- ceannardas oide-eòlais
- ceannardas agus ionnsachadh proifeasanta
- dealbhadh agus leasachadh leantainneach

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' buntainn ri ceannardas leasachaidhean a tha àrd-amasach agus a tha a' nochdadh bheachdan agus mhiannan an luchd-ùidh uile. Tha iad sin stèidhichte air lèirsinn agus luachan co-roinnte. Tha e a' cuir cuideam air cho cudromach 's a tha iùl agus stiùireadh ro-innleachdail làidir gus dèanamh cinnteach gu bheil oide-eòlas agus cleachdadh tràth-bhliadhnaichean den chàileachd as àirde.

Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e sàr ionnsachadh proifeasanta agus rannsachadh stèidhichte air an fhianais as ùire, a chleachdadh, gus fiosrachadh a thoirt do chleachdadh. Tha e a' cur cuideam air buaidh cheannardas èifeachdach aig gach ìre a leasaicheas oide-eòlas, builean foghlaim agus co-ionannachd dha na h-uile.

Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh na dùile gum bi luchd-stiùiridh a' cleachdadh fèin-luachadh làidir airson atharrachadh seasmhach aig astar math a dhealbhadh, agus a chur an gnìomh, gus builean a leasachadh airson a h-uile pàiste.

Eisimpleirean airson ceannardas oide-eòlais

Ceannardas oide-eòlais a tha “glè mhath”

Tha àrd-luchd-stiùiridh follaiseach agus a’ toirt seachad iùl agus stiùireadh ro-innleachdail làidir. Bidh iad a’ toirt taic don luchd-obrach gu lèir gus sàr ionnsachadh is teagasg a lìbhrigeadh airson adhartas chloinne a dhèanamh cinnteach. Bidh àrd-luchd-stiùiridh a’ brosnachadh agus a’ toirt taic do dh’innleachdas, cruthachalachd agus rannsachadh proifeasanta. Bidh iad a’ toirt comas do luchd-obrach a bhith nan luchd-stiùiridh ionnsachaidh air leth èifeachdach.

Tha fòcas làidir air sunnd agus builean foghlaim chloinne a leasachadh. Tha luchd-obrach a’ nochdadh dìongaltas a thaobh chòraichean chloinne aithneachadh, urram a thoirt dhaibh agus an adhartachadh. Tha seo a’ lughdachadh neo-ionannachd, a’ cuir dùbhlann ri leth-bhreith agus a’ leasachadh bhuilean dha na h-uile. Tha sinn gnìomhach ann a bhith a’ cleachdadh stiùireadh ionadail is nàiseanta agus rannsachadh stèidhichte air fianais mu mar a bhios clann ag ionnsachadh. Tha seo a’ toirt buaidh air ar n-oide-eòlas agus air gach taobh de ar cleachdadh.

Tha tuigse cho-roinnte againn air oide-eòlas agus mar a leigeas seo leinn an curraicealam a chur an gnìomh. Bidh àrd-luchd-stiùiridh a’ cumail sùil gheur air càileachd eadar-obrachaidhean, eòlasan agus àitichean agus a’ toirt seachad fios-air-ais brìoghmhor do luchd-dreuchd gus dèanamh cinnteach à/mu leasachadh leantainneach.

Ceannardas oide-eòlais a tha “lag”

Tha ar dìth cheannardas làidir air oide-eòlas, stiùireadh ro-innleachdail agus sgrùdadh èifeachdach a’ toirt fìor dhroch bhuaidh air càileachd eòlasan ionnsachaidh chloinne. Chan eil ar n-eadar-obrachadh, ar n-eòlasan agus an àrainneachd ionnsachaidh a’ leasachadh gu cunbhalach, agus chan eil fòcas gu leòr air oide-eòlas a tha a’ dèanamh cinnteach mu adhartas chloinne.

Tha an stiùireadh agus am fios-air-ais againn gus cleachdadh a leasachadh gann no neo-chunbhalach. Mar thoradh air sin, tha laigsean a’ leantainn, agus tha càileachd iomlan an fhoghlaim fhathast caochlaideach no ìosal.

Eisimpleirean airson ceannardas agus ionnsachadh proifeasanta

Ceannardas agus ionnsachadh proifeasanta a tha “glè mhath”

Tro cheannardas air leth èifeachdach aig gach ìre, bidh sinn an-còmhnaidh a’ coileanadh ìrean àrda. Bidh sinn a’ brosnachadh agus a’ toirt taic do chàch gus an cuid teagaisg agus cleachdaidhean a leasachadh gu leantainneach. Tha feallsanachd làidir air feadh an sgioba a tha a’ cur luach air ionnsachadh proifeasanta, leasachadh agus co-obrachadh, gus comas a thogail agus cleachdadh air leth èifeachdach a chumail an àrd.

Bidh sinn an sàs ann an raon farsaing de dh’ionnsachadh proifeasanta a bhios gar cumail eòlach, sgileil agus ùraichte nar cleachdaidhean. Bidh sinn a’ cleachdadh chothroman ionnsachaidh is leasachaidh proifeasanta gu fìor mhath airson buaidh a thoirt air, agus taic a thoirt do phrìomhachasan oide-eòlais, cleachdaidh agus leasachaidh. Mar sin theid builean a leasachadh airson a h-uile pàiste, le fòcas làidir air co-ionannachd agus in-ghabhail.

Ceannardas agus ionnsachadh proifeasanta a tha “lag”

Chan eil sinn cunbhalach ann a bhith a’ dèanamh deagh dhealbhadh air ionnsachadh proifeasanta no ann a bhith ga chleachdadh gu math, no ga cho-thaobhadh, ri feumalachdan an t-suidheachaidh. Chan eil cothroman leasachaidh a’ leantainn gu leasachaidhean a ghabhas tomhas ann an oide-eòlas no builean do chloinn.

Chan eil mòran fianais againn a thaobh luach a chur air ionnsachadh leantainneach no taic a thoirt do leasachadh tuigse agus misneachd cho-roinnte ann an cleachdadh. Tha seo a’ lagachadh ar comas coitcheann càileachd a leasachadh no dèiligeadh ri raointean leasachaidh.

Eisimpleirean airson dealbhadh agus leasachadh leantainneach

Dealbhadh agus leasachadh leantainneach a tha “glè mhath”

Tha ar lèirsinn agus ar luachan soilleir, a chaidh a chruthachadh còmhla, a’ nochdadh miannan luchd-obrach, chloinne, luchd-ùidh agus na coimhearsnachd. Tha iad a’ neartachadh feallsanachd agus co-theacsa an t-suidheachaidh, a tha a’ nochdadh gu math feumalachdan chloinne is theaghlaichean agus obair leasachaidh.

Bidh meòrachadh breithneachail, leantainneach, agus fèin-luachadh làidir a’ toirt a-steach a h-uile ball den luchd-obrach, clann agus luchd-ùidh. Bidh seo a’ leantainn gu planaichean soilleir airson leasachadh, le targaidean sònraichte a ghabhas tomhas, gus taic a thoirt do atharrachadh fiosraichte a chur an gnìomh.

Bidh àrd-luchd-stiùiridh a’ stiùireadh agus a’ riaghladh slighe agus astar atharrachaidh gu soirbheachail. Bithear a’ cleachdadh ro-innleachdan air leth èifeachdach gus buaidh atharrachaidh a sgrùdadh agus a mheasadh. Bithear a’ tarraing air raon de dh’fhianais agus a’ gabhail a-steach fèin-luachadh mar fhiosrachadh airson gnìomhan san àm ri teachd. Tha a h-uile duine a tha an sàs san t-suidheachadh soilleir mu leasachaidhean agus a’ bhuaidh mhath air càileachd an tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne a thathar a’ toirt seachad.

Dealbhadh agus leasachadh leantainneach a tha “lag”

Chan eil ar fèin-luachadh làidir no air a chleachdadh gu math gus fiosrachadh a thoirt do phlanadh leasachaidh. Chan eil tuigse cho-roinnte no mionaideach againn air ar neartan agus raointean airson leasachadh.

Chan eil mòran co-obrachaidh no co-chomhairle againn le luchd-obrach, clann agus luchd-ùidh agus chan eil iad a’ leantainn gu co-dhùnaidhean a tha brioghmhor no stèidhichte air fianais.

Chan eil fianais fèin-luachaidh air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus prìomhachasan a chomharrachadh, atharrachadh a luathachadh, no buaidh a luachadh. Mar thoradh air sin, tha ar leasachadh slaodach no chan eil e seasmhach. Tha na laigsean seo a’ toirt droch bhuaidh air builean chloinne agus air càileachd iomlan an tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a thathar a’ toirt seachad.

Ceistean dùbhlain airson ceannardas air leasachadh leantainneach

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè cho math 's a bhios sinn a' cleachdadh rannsachadh stèidhichte air fianais, no stiùireadh ionadail is nàiseanta gus fiosrachadh a thoirt do ar n-oide-eòlas, ar cleachdadh agus ar leasachaidhean?
- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic dha chèile, a' roinneadh chleachdaidhean agus a' gabhail uallach airson leasachaidhean a stiùireadh?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' cleachdadh fèin-luachadh làidir gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu ionnsachadh is leasachadh proifeasanta?
- Dè na dòighean anns a bheil àrd-luchd-stiùiridh nan deagh eisimpleirean de shàr cleachdadh agus a' toirt buaidh air?
- Dè cho math 's a bhios sgrùdadh air càileachd an tràth ionnsachaidh agus cùraim-cloinne againn a' toirt buaidh air atharrachadh agus leasachadh, agus ciamar a bhios sin a' tachairt?
- Gu dè an ìre a bhios ionnsachadh proifeasanta a' toirt buaidh air atharrachaidhean air ar cleachdadh a bheir deagh bhuaidh air builean chloinne? Ciamar a tha fios againn?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' toirt taic do chloinn, luchd-obrach agus luchd-ùidh gus na beachdan agus na h-eòlasan aca a cho-roinn? Gu dè an ìre a bhios na beachdan aca a' toirt buaidh air atharrachadh?
- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' toirt a-steach daoine eile gus lèirsinn agus adhbhar co-roinnte a leasachadh airson ar suidheachaidh?
- Dè cho math 's a bhios ar lèirsinn agus ar luachan a' daingneachadh obair an t-suidheachaidh? Dè a' bhuaidh a th' aca air leasachadh càileachd an tràth-ionnsachaidh agus cùraim-cloinne a bheir sinn seachad?

Clann a' faighinn eòlas air sàr àitichean

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a th' ann an clann a' faighinn eòlas air sàr àitichean. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh. Tha eisimpleirean de chloinn a' faighinn eòlas air sàr àitichean rim faighinn cuideachd airson suidheachaidhean luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile.

Cuspairean airson clann a' faighinn eòlas air sàr àitichean

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- càileachd, sàbhailteachd agus cumail suas àitichean
- clann a' toirt buaidh air atharrachadh
- riaghladh fiosrachaidh

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e àrainneachd chorporra shàbhailte, thèarainte agus bhrosnachail a bhith ann, ge bith a bheil e a-staigh, a-muigh no measgachadh de na dhà. Tha e a' sealltainn gu bheil feum air àitichean corporra a tha a' nochdadh feumalachdan agus ùidhean chloinne. Bu chòir don àrainneachd a bhith in-ghabhalach agus a' comharrachadh iomadachd, a' gabhail a-steach eadar-dhealachaidhean ann an cainnt, cànan agus conaltradh. Nuair a thathar a' dealbhadh agus a' luachadh àitichean do chloinn, bu chòir beachdachadh gu faiceallach air rannsachadh làithreach agus deagh chleachdaidhean. Bu chòir ['Àite airson Fàs'](#) agus ['A' Coileanadh a' Chomais'](#) a chleachdadh mar phrìomh ghoireasan.

Tha a' chòir air cluich a-muigh gach latha, ga aithneachadh a' sealltainn gum bu chòir luach a chur air seo agus a libhrigeadh gu math. Tha cuideam ga chur air tuigse luchd-obrach air a' bhuidheachadh a dh'fhaodas a bhith aig cluich a-muigh air leasachadh iomlan chloinne, agus air na cothroman a bheir e seachad airson ionnsachadh mun t-saoghal mhòr.

Tha an comharra seo a' toirt fa-near cho cudromach 's a tha àrainneachd chorporra chloinne a tha air a deagh cumail suas. Tha e a' cur cuideam air an fheum air cumail suas chunbhalach air togalaichean, goireasan agus uidheaman. Tha e a' toirt taic do dh'ìre iomchaidh de mheasadh cunnairt, gus cunnart sam bith a lughdachadh agus [gus clann a chumail sàbhailte](#) bho chron. Tha seo a' gabhail a-steach feum air casg agus smachd teann air galaran. Tha aithneachadh ann, ged a dh'fheumar clann a chumail sàbhailte, gu bheil cluich chloinne a' toirt cothrom dhaibh tomhas de riosg a ghabhail agus ionnsachadh bhuithe. Bu chòir beachdachadh air a h-uile roinn de thèarainteachd, a' gabhail a-steach tèarainteachd thogalaichean agus stòradh chlàran is fiosrachadh dìomhair.

Eisimpleirean airson càileachd, sàbhailteachd agus cumail suas àitichean

Càileachd, sàbhailteachd agus cumail suas àitichean a tha “glè mhath”

Tha an àrainneachd chorporra againn, a-staigh agus a-muigh, fàilteachail, a' coinneachadh gu h-iomlan ri feumalachdan chloinne, agus làn uidheamaichte. Tha e a' toirt teachdaireachd làidir do chloinn gu bheil iad cudromach.

Bidh sinn a' dèanamh an fheum as fheàrr de na goireasan a th' againn gus àrainneachd chorporra bhrosnachail a chruthachadh, a chumail suas agus a leasachadh. Mar thoradh air sin, bidh clann a' faighinn eòlas air sàr chùram agus ionnsachadh a tha a rèir nam feumalachdan agus nan ùidhean aca. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha cluich làitheil a-muigh agus na buannachdan a tha an lùib seo airson ionnsachadh agus sunnd a leasachadh. Bidh sinn a' toirt taic, a' comasachadh agus a' brosnachadh chloinne gus a bhith a' rannsachadh a-muigh agus a' neartachadh neo-eisimeileachd. Tha clann a' faighinn taic gus a bhith a' rannsachadh gu gnìomhach agus ag ionnsachadh mun t-saoghal mhòr.

Bidh sinn ag obair sa bhad/gun dàil gus dèanamh cinnteach à sàbhailteachd is tèarainteachd chloinne, luchd-tadhail agus a chèile. Bidh luchd-obrach a' dèanamh, a' tuigsinn agus a' roinneadh mheasaidhean cunnairt iomchaidh. Bidh sinn a' cumail sùil air cloinn le bhith mothachail air cunnart. Tha fios againn an-còmhnaidh cò a tha nar cùram, ge bith a bheil iad a-staigh, a-muigh no anns a' choimhearsnachd fharsaing. Mar thoradh air sin, tha clann sàbhailte agus chan eil na cothroman aca gus eòlasan cluiche dùbhlach is spòrsail fheuchainn, air am bacadh.

Ged a tha sinn a' cur prìomhachas air sàbhailteachd chloinne, tha sinn a' gabhail ri dòigh-obrach dheimhinneach, chothromach a thaobh cunnart ann an cluich chloinne. Bidh clann an sàs ann an raon farsaing de chothroman cluiche dùbhlach is inntinneach a tha a' toirt taic do, agus a' leudachadh, an leasachaidh is an ionnsachaidh. Tro na h-eòlasan sin, bidh clann a' togail am misneachd annta fhèin. Bidh iad ag ionnsachadh measadh a dhèanamh air cunnartan agus an riaghladh dhaibh fhèin, a' leasachadh sgilean agus foghainteachd riatanach. Tha sinn air trèanadh math fhaighinn air ceumannan casg is smachd ghalaran. Tha seo a' ciallachadh gu bheil tuigse agus misneachd shoilleir againn air sàr àrainneachd ghlan is sàbhailte a lìbhrigeadh agus adhartachadh. Tha seo a' toirt a-steach tuigse air ullachaidhean glanaidh agus sàbhailteachd bidh.

Far a bheil feum aig clann air cùram pearsanta, bidh rèiteachaidhean air an dealbhadh gu h-èifeachdach agus bidh luchd-obrach a' cumail suas ìrean àrda de chasg agus smachd air galaran. Tha làn spèis air a thoirt do phrìobhaideachd, urram agus roghainnean chloinne agus tha goireasan iomchaidh ann airson an glanadh is an sgioblachadh. Bidh rèiteachaidhean ag obair gu math airson sgrùdadh, cumail suas agus càradh shuidheachaidh, uidheamachd, agus carbadan sam bith agus thèid an cur an gnìomh gu cunbhalach. Thèid rudan ùra a chur an àite millte gu sgiobalta.

Càileachd, sàbhailteachd agus cumail suas àitichean a tha “lag”

Dh'fhaodadh an àrainneachd chorporra a bhith a' coimhead robach no a' faireachdainn nach eileas a' coimhead às a dhèidh, seach a bhith blàth is fàilteachail

do chloinn. Chan eil mòran aire ga thoirt do bhith a' toirt coltas càileir air an àite no a sgeadachadh, agus tha càileachd na h-àirneise agus nan goireasan bochd. Dh'fhaodadh gu bheil droch fhàileadh ann no fuaim dhraghail.

Chan eil roghainn agus cothromachadh nan goireasan a' coinneachadh gu leòr ri feumalachdan leasachaidh chloinne no a' tabhann dùbhlàn agus cothroman dhaibh a bhith a' rannsachadh. San fharsaingeachd, chan eil an àrainneachd chorporra, an àirneis no na goireasan iomchaidh, le cothroman gann airson stuthan inntinneach agus obair chloinne a thaisbeanadh. Chan eil cruth na h-àrainneachd chorporra a' leigeil le clann an cluich agus an ionnsachadh fhèin a stiùireadh. Chan eil na goireasan againn a' toirt taic do chloinn gus coileanadh.

Chan eil ach beagan tuigse againn air buannachdan a' bhlàir a-muigh do chloinn. Chan eil beachdan chloinne a' toirt buaidh gu leòr air an ruigsinneachd a th' aca air a' bhlàr a-muigh. Chan eil an cleachdadh no an rannsachadh as fheàrr a th' againn an-dràsta air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus ar n-eòlas agus cleachdadh san raon seo fhiosrachadh. Chan eil sinn an-còmhnaidh ag aithneachadh cuin a dh'fheumas clann eòlasan nas beòthaile. Cha deach cnapan-starra do chluich is ionnsachadh a-muigh aithneachadh agus cha deach beachdachadh orra gu leòr. Tha seo a' ciallachadh nach eil an àrainneachd chorporra a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne.

Chan eil sinn an-còmhnaidh ag obair gu math còmhla gus àrainneachd shàbhailte a bhrosnachadh do chloinn. Is dòcha nach eil tuigse gu leòr againn air leasachadh chloinne agus is dòcha nach aithnich sinn cuin a dh'fhaodadh nithean làitheil a bhith cunnartach. Mar thoradh air sin, dh'fhaodadh clann a bhith ann an cunnart bho chron, a ghabhadh a sheachnadh.

Dh'fhaodadh gu bheil sinn a' cuingealachadh eòlasan chloinne gun adhbhar agus dh'fhaodadh sin buaidh a thoirt air misneachd na cloinne. Dh'fhaodadh cus bacaidh a bhith air cothroman cluiche is ionnsachaidh, a' dèanamh cron air eòlasan chloinne. Chan eil na modhan-obrach againn airson casg is smachd ghalaran làidir agus tha iad a' meudachadh cunnart gun sgaoil galaran.

Is dòcha nach eil na h-ullachaidhean airson tèarainteachd san àrainneachd againn, a-muigh agus sa choimhearsnachd fharsaing, air an deagh bheachdachadh. Tha comas ann gum faigh clann a-mach às an t-suidheachadh no nach bi fios càite bheil iad an-còmhnaidh. Dh'fhaodadh seo an cur ann an cunnart.

Eisimpleirean airson clann a' toirt buaidh air atharrachadh

Clann a' toirt buaidh air atharrachadh a tha “glè mhath”

Tha tòrr com-pàirt aig cloinn ann a bhith a' toirt buaidh air dealbhadh is cleachdadh àitichean, a bheir dhaibh teachdaireachd làidir, shoilleir gu bheil iad cudromach. Bidh sinn an sàs gu gnìomhach le clann gus an urrainn dhaibh an cluich is an eòlasan a stiùireadh san dòigh a thogras iad. Thathar ag èisteachd ris a' chloinn agus tha fios aca gu bheil na beachdan aca cudromach. Tha sinn a' tuigsinn comasan a h-uile pàiste, a' gabhail a-steach leanabanan. Bidh sinn ag atharrachadh ar cleachdaidhean gus coinneachadh ris na feumalachdan aca agus gus an guthan a chomasachadh.

Tha an àrainneachd againn a' toirt chothroman do chloinn co-dhùnaidhean a dhèanamh agus rudan a dhèanamh leotha fhèin taobh a-staigh crìochan sàbhailte an t-suidheachaidh againn. Tha iad air am brosnachadh gus a' mhòr-chuid de thaobhan den chluich aca a stiùireadh, agus bidh sinn gan cuideachadh gus uallach a ghabhail dhaibh fhèin aig amannan leithid àm greim-bìdh no nuair a bhios iad anns a' ghàrradh. Tro chluich a-muigh, tha clann ag ionnsachadh mu sheasmhachd, a' faighinn tuigse nas doimhne air mar a choimheadas iad às dèidh agus a ghleidheas iad an àrainneachd nàdarra. Bidh an dòigh-obrach againn a' cumail clann an sàs agus a' meudachadh am misneachd.

Tha àrainneachd in-ghabhalach againn far a bheil misneachd aig cloinn nan comasan fhèin. Bidh àirneis is goireasan, a tha air an taghadh gu faiceallach agus air an cur ann an deagh shuidheachadh, a' toirt taic do gach pàiste roghainnean a dhèanamh agus cluich gu saor. Tha na goireasan is na stuthan againn eadar-dhealaichte, sùbailte agus freagairteach, a' freagairt air comasan, feumalachdan agus ùidhean fa leth na cloinne. Tha sinn a' tuigsinn na deagh bhuidhean a th' aig cluiche beairteach, ioma-mhothachaidh air ionnsachadh, foghainteachd agus sunnd chloinne.

Tha àrainneachd thaiceil againn far a bheil luach ga chur ann an cloinn agus aithne ga thoirt dhaibh. Bidh sàr ghoireasan agus àitichean a' brosnachadh iomadachd, co-ionannachd agus in-ghabhail. Tha clann, an teaghlach agus coimhearsnachdan nas fharsainghe air an nochdadh gu deimhinneach anns na goireasan, na h-àitichean agus na h-eòlasan a tha rim faighinn. Tha clann a' faireachdainn gu bheil iad air am faicinn agus air an toirt a-steach. Tha an suidheachadh beairteach againn a' toirt làn thaic do chloinn gus an eòlas, an spèis agus an tuigse air a' choimhearsnachd aca agus air an t-saoghal mhòr, a leasachadh.

Clann a' toirt buaidh air atharrachadh a tha “lag”

Chan eilear a' sireadh no a' toirt aire do dh'fheumalachdan agus beachdan chloinne gu cunbhalach nuair a thathar a' dealbhadh na h-àrainneachd chorporra no nuair a thathar a' dealbhadh eòlasan agus a' cruthachadh chleachdaidhean làitheil.

Chan eil taic ga thoirt do neo-eisimeileachd chloinne agus chan urrainn dhaibh an cluich is na gnìomhan aca fhèin a stiùireadh san dòigh a thogras iad. Chan eil clann an sàs agus air am brosnachadh gu leòr nan cluich, agus tha sin a' cur bacadh air adhartas ionnsachaidh is leasachaidh.

Nuair a tha sinn a' gabhail cùram de ghoireasan, a' gabhail a-steach an àrainneachd nàdarra, cha bhi sinn a' toirt aire do sheasmhachd. Chan eil sinn a' toirt seachad mòran cothroman, ma tha gin idir, do chloinn ionnsachadh mu sheasmhachd agus cùram a ghabhail den àrainneachd nàdarra aca. Chan eil sinn a' togail an aire mu dhroch chleachdaidhean a thaobh lughdachadh sgudail agus a' bhuidhe a th' aig ar cleachdadh de ghoireasan nàdarra.

Tha ar solar de ghoireasan is uidheam cluiche gann agus, uaireannan, seann-fhasanta agus neo-iomchaidh. Is dòcha nach bi clann air am brosnachadh agus a' call ùidh leis nach eil goireasan is gnìomhachd brosnachail ann. Chan eil roghainn is cothromachadh anns na goireasan againn agus chan eil iad a' coinneachadh gu leòr ri feumalachdan leasachaidh chloinne no a' tabhann dùbhlàn is cothroman dhaibh a bhith a' rannsachadh.

Ann an cuid de chùisean, dh'fhaodadh clann agus an teaghlaichean fulaing leth-bhreith mar thoradh air goireasan seann-fhasanta no neo-iomchaidh. Tha comas aig seo droch bhuidhe a thoirt air fèin-spèis chloinne agus an eòlas agus an tuigse air an t-saoghal mun cuairt orra.

Dh'fhaodadh gu bheil ar dòigh-obrach a thaobh cunnart a' seachnadh cus, no is dòcha nach eil cunnart air a bheachdachadh gu math. Tha seo follaiseach ann an cruth nan àitichean a-staigh agus a-muigh. Dh'fhaodadh seo leantainn gu cron. Is dòcha nach bi sinn ag obair gu h-èifeachdach le pàrantan/luchd-chùraim gus an tuigse air buannachdan cluiche is eòlasan ionnsachaidh a-muigh nas cunnartaiche, a dhoimhneachadh.

Eisimpleirean airson riaghladh fiosrachaidh

Riaghladh fiosrachaidh a tha “glè mhath”

Tha an àrainneachd chorporra againn tèarainte is sàbhailte do chloinn agus aig an aon àm a’ toirt urram do na còraichean aca agus a’ nochdadh ar n-amasan is ar prìomh chinn-uidhe. Tha cleachdadh CCTV laghail, cothromach agus co-rèireach, agus a’ dìon an urraim. Chan eil e air a chleachdadh ach airson taic a thoirt do libhrigeadh cùram sàbhailte, èifeachdach agus coibhneil do chloinn.

Tha dìon fiosrachadh pearsanta cloinne air leth cudromach agus tha e a’ gèilleadh ri deagh chleachdadh agus riatanasan laghail iomchaidh. Tha ar luchd-stiùiridh agus ar luchd-obrach fiosraichte mu na dleastanasan aca agus tha na sgilean aca gu an coileanadh gu làidir. Tha siostaman èifeachdach is buadhmhor ann airson clàran a chumail. Tha seo a’ gabhail a-steach riaghladh fiosrachadh dealanach a tha a rèir riatanasan dìon dàta coitcheann agus comhairle mu bhagairtean saidhbeir. Tha ar luchd-obrach a’ tuigsinn agus a’ cur an gnìomh gu h-iomlan na dreuchdan agus na dleastanasan aca a thaobh riaghladh fiosrachaidh.

Riaghladh fiosrachaidh a tha “lag”

Chan eil luchd-obrach a’ tuigsinn gu math mar a chleachdas sinn CCTV. Chan eil ar luchd-stiùiridh agus ar luchd-obrach fiosraichte mu na dleastanasan aca agus dh’fhaodadh iad còraichean chloinne, teaghlaichean agus luchd-obrach a bhriseadh mar thoradh air sin. Is dòcha nach deach co-chomhairle sam bith a chumail ri teaghlaichean mu CCTV no nach deach fiosrachadh a thoirt dhaibh mu na còraichean aca. Chan eil na h-ullachaidhean airson CCTV a’ coinneachadh ri riatanasan reachdas làithreach.

Tha droch riaghladh air na h-ullachaidhean airson fiosrachadh pearsanta chloinne a stòradh agus a phròiseasadh agus chan eileas a’ gèilleadh ri reachdas buntainneach agus deagh chleachdadh. Chan eil mothachadh no tuigse aig ar luchd-obrach air an dreuchd aca ann a bhith a’ cleachdadh fiosrachadh gu h-iomchaidh no ga stòradh gu tèarainte. Far a bheil siostaman dealanach ann, chan eil iad tèarainte no freagarrach.

Ceistean dùbhlain airson clann a' faighinn eòlas air sàr àitichean

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Ciamar as urrainn dhuinn a bhith cinnteach gu bheil an àrainneachd corporra againn a' toirt a' chothrom as motha do chloinn a bhith a' coinneachadh ri dùbhlain, a bhith cruthachail agus an sàs nan cluich?
- Gu dè an ìre a bhios na h-àrainneachdan corporra a' toirt taic do dhiofar sheòrsaichean cluiche?
- Ciamar as urrainn dhuinn a bhith cinnteach gu bheil an àrainneachd corporra againn air a cumail suas chun nan ìrean as àirde, agus a' toirt àrainneachd shàbhailte is fhallain do chloinn?
- Ciamar a bhios fios againn gu bheil an àrainneachd corporra againn tèarainte agus nach urrainn do chloinn fàgail gun fhiosta?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheilear a' toirt làn spèis do phrìobhaideachd, urram agus roghainnean chloinne?
- Ciamar a tha fios againn gu bheil an suidheachadh againn a' toirt seachad raon farsaing de dh'eòlasan cluiche is ionnsachaidh dùbhlanaich a-muigh, a bhrosnaicheas slàinte is sunnd chloinne?
- Dè cho math 's a tha clann air an cuideachadh gus sàr ghoireasan a thaghadh agus a chleachdadh a dh'fhreagras air na feumalachdan, na h-ùidhean agus an leasachadh aca?
- Dè cho in-ghabhalach 's a tha an suidheachadh againn airson a h-uile pàiste is teaghlach? A bheil e a' gabhail ri, agus a' brosnachadh, sàbhailteachd fhaireachdainnean?
- Ciamar a bhrosnaicheas sinn iomadachd, co-ionannachd agus in-ghabhail agus ciamar a tha iad sin air an nochdadh gu deimhinneach anns na goireasan, na h-àitichean agus na h-eòlasan a tha rim faighinn?
- Ciamar a thèid faidhlichean is fiosrachadh chloinne a stòradh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad tèarainte?
- A bheil sinn a' sealltainn gu bheil sinn a' tuigsinn mar a tha laghan dìon dàta ag obair?

Cluich, ionnsachadh agus leasachadh

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a th' ann an cluich, ionnsachadh agus leasachadh. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh. Tha eisimpleirean de chluich, ionnsachadh agus leasachadh rim faighinn cuideachd airson suidheachaidhean luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile.

Cuspairean airson cluich, ionnsachadh agus leasachadh

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- com-pàirteachadh chloinne
- càileachd eadar-obrachaidhean
- dealbhadh is measadh a tha ag amas air a' phàiste

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo ag amas air còir chloinne air cluich, a' cur cuideam air a bhith a' faighinn spòrs, toileachas agus sàr eòlasan cluiche is ionnsachaidh a-staigh agus a-muigh. Tha e riatanach gum bi clann an sàs gu brioghmhor agus gu gnìomhach ann a bhith a' stiùireadh an cluiche is an ionnsachaidh fhèin.

Tha dùil gum bi tuigse aig luchd-obrach air mar a chuidicheas cluiche clann le bhith a' leasachadh sgilean airson beatha is ionnsachadh. Bu chòir do dh'eadar-obrachaidhean, eòlasan agus àitichean a bhith a' neartachadh chluich is ionnsachadh gu soirbheachail, a' toirt aire do dh'fheumalachdan, ùidhean agus leasachadh fa leth gach pàiste. Bu chòir do chloinn adhartas seasmhach a dhèanamh nan ionnsachadh tro dhòighean dealbhaidh freagairteach.

Tha an comharra a' nochdadh cho cudromach 's a tha e do luchd-obrach a bhith a' cleachdadh beachd-sùla gu h-èifeachdach gus eòlas, tuigse, sgilean agus coileanadh chloinne aithneachadh agus a leudachadh. Bu chòir sin na h-ath cheumnan ann an dealbhadh fhiosrachadh, gus taic a thoirt do leasachadh, ionnsachadh agus sunnd cloinne. Bheir seo comas dhaibh adhartas math a dhèanamh. Bu chòir do luchd-obrach a bhith an sàs gu sgileil ann an sàr eadar-obrachaidhean, air an stiùireadh leis a' chloinn agus ceasnachadh a tha iomchaidh do leasachadh a' phàiste a neartaicheas agus a leudaicheas smaoineachadh chloinne. Tha clann air an cuideachadh gus na coileanaidhean aca aithneachadh, a mhealtainn agus a chomharrachadh.

Eisimpleirean airson com-pàirteachadh chloinne

Com-pàirteachadh chloinne a tha “glè mhath”

Tha tuigse làidir againn air mar a bhios clann a’ leasachadh, ag ionnsachadh agus a’ leantainn air adhart. Bidh ar luchd-obrach a’ cleachdadh teòiridh is cleachdaidhean buntainneach gu sgileil. Tha seo gan cuideachadh a’ libhrigeadh sàr eòlasan cluiche a bhios a’ brosnachadh is a’ cumhachdachadh com-pàirteachaidh chloinne fhad ‘s a bhios iad ag ionnsachadh. Tha clann soirbheachail, ciallach agus misneachail nan cluich mar thoradh air na sàr eòlasan a tha sinn a’ tabhann. Tha iad air am brosnachadh gu mòr agus a’ làn chom-pàirteachadh ann an raon de dh’eòlasan beairteach, dùbhlach, dealbhaichte agus freagairteach, a-staigh agus a-muigh.

Bidh innleachd agus dòighean-obrach cruthachail a tha air an deagh dhealbhadh, a’ brosnachadh mac-meanmna chloinne gu soirbheachail agus a’ neartachadh an cluiche is an ionnsachaidh. Tha raon farsaing de sgilean, a’ gabhail a-steach cànan, litearrachd agus àireamhachd, air an neartachadh tro chothromachadh mar eadar-obrachaidhean air an stiùireadh le clann is inbhich, agus eòlasan cluiche. A bharrachd air sin, thathar a’ beachdachadh air mar as urrainn do chloinn an ionnsachadh a dhoimhneachadh le, agus tro, theicneòlas didseatach.

Bidh sinn ag obair gu h-èifeachdach le teaghlaichean gus an cuideachadh a’ tuigsinn nam buannachdan a gheibh clann bho eòlasan ionnsachaidh stèidhichte air cluich a bheir dùbhlach agus toileachas dhaibh. Bidh an dòigh-obrach seo a’ brosnachadh leasachadh earbsa agus co-obrachaidh, a tha a’ toirt taic do shunnd is leasachadh chloinne agus a’ toirt chothroman dhaibh soirbheachadh.

Bidh clann a’ dèanamh roghainnean fiosraichte mu dheidhinn an cluiche is an ionnsachaidh ann an àrainneachd chruthachail a bheir dùbhlach is comas dhaibh. Bheir sinn dhaibh an ùine, an t-àite agus an taic a dh’fheumas iad gus co-dhùnaidhean a dhèanamh agus an guth a chleachdadh. Tha sinn sgileil ann a bhith a’ cleachdadh sàr eadar-obrachaidhean, àitichean agus eòlasan gus ùidhean chloinne a leudachadh agus a chumail suas.

Com-pàirteachadh chloinne a tha “lag”

Chan eil mòran chothroman aig clann airson an cluich a stiùireadh. Tha seo a’ cur bacadh air an ionnsachadh agus an leasachadh. Chan eil mòran ann a chuireas dùbhlach air, no a bhrosnaicheas, mac-meanmna agus feòrachas chloinne, no a bhrosnaicheas iad gus na beachdan aca a rannsachadh.

Chan eil ar tuigse air cluich fo stiùir chloinne air a leasachadh gu leòr. Chan eil feumalachdan leasachaidh fa leth chloinne agus na h-ùidhean aca air an nochdadh ann an eadar-obrachaidhean, eòlasan agus àitichean. Mar thoradh air sin, chan eil clann a’ com-pàirteachadh. Bidh iad a’ call chothroman airson ionnsachadh, misneachd a thogail agus roghainnean a dhèanamh. Mar sin, chan eil ùidh agus brosnachadh aig cloinn agus is dòcha gum bi iad a’ fàs leamh, troimh-chèile no sàraichte.

Chan eil mòran cothroman aig cloinn ceangail a dhèanamh ris a' choimhearsnachd aca fhèin no a' choimhearsnachd nas fharsainghe. Tha seo a' cuingealachadh ruigsinneachd air raon farsaing de ghoireasan agus eòlasan gus na cothroman cluiche is leasachaidh aca a thoirt air adhart.

Eisimpleirean airson eadar-obrachaidhean de dheagh chàileachd

Càileachd eadar-obrachaidhean a tha “glè mhath”

Le beachd-sùla cùramach, is urrainn dhuinn ùidhean chloinne a mhìneachadh agus cothroman a libhrigeadh an smaoineachadh a leudachadh gun a bhith a' stiùireadh an cluiche. Bidh sinn a' cleachdadh measgachadh de dhòighean-obrach gus freagairt ri sanasan bho chloinn airson taic a thoirt do leasachadh fèin-riaghlaidh, co-fhaireachdainn, misneachd, cruthachalachd agus feòrachas.

Bidh eadar-obrachaidhean freagairteach agus coibhneil a' toirt taic do leasachadh conaltraidh, cànan, gluasaid agus sòisealta tro bhith a' modaileadh nan sgilean sin gu h-èifeachdach. Bidh sinn a' toirt taic do chloinn le bhith a' cleachdadh bhun-bheachdan leithid smaoineachadh co-roinnte leantainneach, ag innse ar beachdachaidh, ceasnachadh iomchaidh a thaobh leasachadh a' phàiste, a' toirt seachad barail, a' leudachadh agus a' mìneachadh. Tha sinn a' tuigsinn gur e dòigh luachmhor a th' ann an eadar-obrachadh agus rannsachadh le cloinn airson briathrachas a leudachadh, agus tuigse agus faireachdainn de dh'iongnadh agus de thoileachas mun t-saoghal a bhrosnachadh. Bidh sinn a' dèanamh nan ath-cheumannan comasach agus a' moladh chloinne airson rudan fheuchainn.

Bidh cothroman iomchaidh tric aig ar cloinn airson an sgilean smaoineachaidh agus fuasgladh-cheistean a leasachadh tro chluich mac-meanmnach agus tro sgeulachdan innse. Bidh seo a' cuideachadh chloinne gus an smaoineachadh fhèin a leudachadh, sgilean ùra a chleachdadh agus an ionnsachadh a dhaingneachadh ann an dòighean a tha brioghmhor dhaibh.

Bidh sinn a' toirt cothrom do chloinn cluich agus ionnsachadh aig an astar fhèin, a' faighinn spòrs fhad 's a bhios iad a' rannsachadh an t-saoghail mun cuairt orra. Bidh sinn a' gabhail ùine gus tuigse fhaighinn air conaltradh labhairteach agus neo-labhairteach chloinne a chuidicheas sinn gus breithneachadh cuin a bu chòir dhuinn eadar-obrachadh agus cuin a bu chòir dhuinn feitheamh agus coimhead. Bidh sinn a' brosnachadh eadar-obrachadh chloinne le chèile, ag aithneachadh cho cudromach 's a tha clann eile ann a bhith a' neartachadh cluich. Leigidh seo le clann a' chuid as fheàrr fhaighinn às na h-eadar-obrachaidhean agus na dh'fhiosraich iad.

Càileachd eadar-obrachaidhean a tha “lag”

Chan eil ar luchd-obrach a' sealltainn tuigse air mar a bhios clann ag ionnsachadh agus a' leasachadh, no na ro-innleachdan taice a chuidicheas clann gus ionnsachadh fhad 's a bhios iad a' cluich. Chan eil blàths anns na h-eadar-obrachaidhean agus na còmhraidhean le cloinn, no tha iad an-còmhnaidh a' stiùireadh na chloinne, agus chan eil iad a' togail air an tèarainteachd fhaireachdainnean no na h-ùidhean aca.

Chan eil sinn a' comharrachadh sanasan conaltraidh is cànan trath chloinne agus chan eil sinn a' toirt taic don dòigh conaltraidh as fheàrr leotha. Tha seo ag adhbhrachadh gum bi cothroman air chall do chloinn adhartas a dhèanamh aig an astar fhèin agus faodaidh e ciallachadh gum bi clann diùid, troimh-a-chèile no air an sàrachadh.

Chan eil sinn a' cur fòcas air a' chloinn rè eadar-obrachadh agus chan eil sinn a' tuigsinn agus a' cur luach air smuaintean agus pròiseasan chloinne rè cluich. Bidh sinn a' cur fòcas cumhang air dìreach eileamaid no dhà de dh'ionnsachadh chloinne, agus chan eil sinn a' nochdadh dealbh fhìor, iomlanach de leasachadh gach pàiste agus nan coileanaidhean aca. Chan eil clann a' faighinn làn thaic gus an cluich agus an ionnsachadh a leudachadh, agus gu tric chan eil am feum air taic, misneachd no eadar-theachd air a thoirt fa-near.

Eisimpleirean airson dealbhadh is measadh a tha ag amas air a' phàiste

Dealbhadh is measadh a tha ag amas air a' phàiste a tha “glè mhath”

Tha clann aig cridhe gach dealbhaidh. Tha sinn sgileil ann a bhith ag aithneachadh nan diofar irean ann an cluich is ionnsachadh chloinne agus thathar a' beachdachadh orra sin gu mionaideach nuair a thathar a' dealbhadh eòlasan is chothroman ùra. Bidh sinn a' cleachdadh beachd-sùla air pàtrain cluiche fa leth chloinne gus an ionnsachadh a dhealbhadh, a chumail suas, dùbhlach a thoirt dha agus a leudachadh. Leigidh seo le cloinn adhartas a dhèanamh aig an astar fhèin.

Tha clann air am brosnachadh gu mòr agus a' làn chom-pàirteachadh san raon de chothroman cluiche is ionnsachaidh beairteach, dùbhlach, a tha air an tabhann tro chothromachadh de dhealbhadh rùnach agus freagairteach. Tha eòlasan a' nochdadh beachdan, miannan, ceistean agus ath cheumannan brìoghmhor chloinne nan ionnsachadh.

Bidh beachd-sùla cùramach agus measadh èifeachdach ag aithneachadh agus a' brosnachadh adhartas agus coileanaidhean chloinne. Thèid feum air taic sam bith a bharrachd a chomharrachadh, a dhealbhadh agus a chur an gnìomh. Tha an dòigh-obrach againn a tha air leth freagairteach, a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' leasachadh raon farsaing de dh'eòlas, tuigse agus sgilean airson beatha agus ionnsachadh.

Bidh sinn ag obair còmhla ri clann, teaghlachan agus com-pàirtichean, ag iarraidh orra an eòlas a cho-roinn. Bidh seo a' neartachadh ar tuigse agus ar dealbhaidh airson turas-ionnsachaidh gach pàiste. Bidh sinn a' roinn naidheachdan air adhartas chloinne agus a' comharrachadh an soirbheachaidh agus an coileanaidh gu cunbhalach.

Dealbhadh is measadh a tha ag amas air a' phàiste a tha “lag”

Bidh sinn a' call chothroman cudromach airson beachd-sùla a ghabhail air cloinn agus am measadh fhad 's a tha iad a' cluich. Tha seo ag adhbhrachadh bheàrn nan tuigse air nas urrainn dhaibh a dhèanamh, na h-ùidhean aca agus mar a tha iad a' leasachadh. Cha bhi sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh a bhios teaghlachan agus

com-pàirtichean a' toirt dhuinn. Tha seo ga dhèanamh duilich dealbhadh gu h-èifeachdach gus coinneachadh ri feumalachdan agus ùidhean sònraichte gach pàiste, a' gabhail a-steach taic sam bith a bharrachd a tha a dhìth. Mar thoradh air sin, chan eil cuid de chloinn a' faighinn nan cothroman ionnsachaidh ceart tro chluich agus chan eil dùbhlain ga thoirt dhaibh aig an ìre cheart.

Tha na dòighean-obrach againn gann no neo-chunbhalach airson adhartas agus coileanadh chloinne a mheasadh, agus airson am fiosrachadh seo a chleachdadh gus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh a dhealbhadh. Chan eil am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh air a phearsanachadh no air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus na h-àitichean, na h-eòlasan agus na h-eadar-obrachaidhean a dh'fheumas gach pàiste airson soirbheachadh, a dhealbhadh.

Tha beachd-sùla air cloinn neo-chunbhalach agus chan eil e a' ceangal ri ùidhean fa leth chloinne no an ìre cluiche is ionnsachaidh aig a bheil iad. Tha seo ag adhbhrachadh dìth tuigse air adhartas thar ùine. Chan eil teaghlaichean an sàs no a' faighinn fiosrachadh àrd-inbhe mu ionnsachadh an cuid chloinne, agus tha seo ag adhbhrachadh dìth cunbhalachd agus leantainneachd.

Ceistean dùbhlain airson cluich, ionnsachadh agus leasachadh

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do agus a' brosnachadh feòrachas nàdarra, cruthachalachd agus fuasgladh-cheistean chloinne?
- Dè na dòighean a chleachdas sinn gus sgilean chloinne adhartachadh thar farsaingeachd de raointean, leithid leasachadh fhaireachdainnean is sòisealta, sgilean a tha a' tighinn am bàrr ann an cànan, litearrachd agus àireamhachd?
- Ciamar as urrainnear taic a thoirt do chloinn gus misneachd a bhith aca ann a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh fhèin?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil sinn a' cumail suas ris an teòiridh bhuntainnich agus a' sealltainn mar a tha ar tuigse air leasachadh chloinne a' toirt taic do dh'eòlasan cluiche is ionnsachaidh àrd-inbhe?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil ar dòigh-obrach a thaobh feumalachdan chloinne ag aithneachadh smuaintean agus faireachdainnean neo-eisimeileach chloinne mar dhaoine fa leth?
- Ciamar a bhios sinn a' cur taic ri cloinn gus an sgilean smaoineachaidh agus fuasgladh-cheistean a leasachadh?
- Dè cho math 's a bhios sinn a' toirt taic do luchd-obrach ann a bhith a' coileanadh an dreuchd a thaobh dealbhadh agus a' luachadh adhartas chloinne?
- Dè cho èifeachdach 's a tha na pròiseasan againn airson leasachadh, adhartas agus coileanaidhean chloinne a luachadh? Dè cho math 's a tha am

fiosrachadh seo a chruinnicheas sinn mu adhartas chloinne a' toirt buaidh air ar dealbhadh agus ar n-aithris do phàrantan/luchd-cùraim agus eile?

- Ciamar a chuireas sinn cothroman am meud do chloinn a bhith air an cur fo dhùbhlán, cruthachail agus an sàs nan cluich is nan ionnsachadh?

Curraicealam

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a th' ann an curraicealam. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh.

Cuspairean airson curraicealam

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- feallsanachd agus dealbhadh a' churraicealaim
- leantainneachd agus adhartas sa churraicealam
- com-pàirteachasan
- sgilean airson beatha agus ionnsachadh

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha e feumalachdan, ùidhean, còraichean agus adhartas chloinne a chur aig cridhe dealbhadh is cur an gnìomh a' churraicealaim. Tha curraicealam air a mhìneachadh mar iomlanachd a h-uile rud a tha air a dhealbhadh airson clann bho thràth-ionnsachadh, tron sgoil-àraich, tron sgoil agus nas fhaide air adhart.

Tha e a' nochdadh gu bheil clann airidh air curraicealam a tha stèidhichte air prionnsabalan dealbhadh curraicealaim agus air a neartachadh tro eòlasan ionnsachaidh brioghmhor a-staigh, a-muigh agus anns a' choimhearsnachd. Tha e ag aithneachadh gum feum a h-uile pàiste cothroman gus na h-ùidhean, an t-eòlas, na sgilean agus na feartan riatanach aca a leasachadh gus atharrachadh, soirbheachadh agus coileanadh ann an saoghal an latha an-diugh. Tha an comharra càileachd seo cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e gum bi an curraicealam a' toirt taic do dh'adhartas ann an ionnsachadh chloinne nuair a thòisicheas iad san t-suidheachadh agus aig prìomh amannan eadar-ghluasaid.

Eisimpleirean airson feallsanachd agus dealbhadh a' churraicealaim

Feallsanachd agus dealbhadh a' churraicealaim a tha “glè mhath”

Tha ar curraicealam àrd-amasach, iomlanach agus stèidhichte air dàimhean earbsach is beathachail. Bidh e a' brosnachadh agus a' cumail suas còraichean na cloinne a rèir Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne. Bidh stiùireadh ionadail is nàiseanta agus rannsachadh làithreach stèidhichte air fianais, a' toirt buaidh oirnn agus gar fiosrachadh fhad 's a bhios sinn ag ath-sgrùdadh agus ag ùrachadh dòighean-obrach ar curraicealaim.

Tha an dòigh-obrach chruthachail is fhreagairteach againn a thaobh dealbhadh a' churraicealaim a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh ùr-nodha agus gnìomhach. Tha e a' toirt taic do chloinn gus am faigh iad an còir air curraicealam farsaing a tha air a chothromachadh. Tha ionnsachadh a-muigh na phàirt luachmhor is freumhaichte de dhealbhadh ar curraicealaim. Tha e a' tabhann chothroman beairteach airson ceasnachadh, rannsachadh agus sunnd, agus tha e air a dhealbhadh, mean air mhean, gus taic a thoirt do leasachadh is ionnsachadh chloinne thar raointean curraicealaim. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach mu dhùbhlàn is tlachd, leud, adhartas, doimhneachd, pearsanachadh agus roghainn, co-leanailteachd agus buntainneachd thar a' churraicealaim. Tha cruthachalachd agus ionnsachadh airson seasmhachd freumhaichte ann an dealbhadh ar curraicealaim.

Tha adhbhar ar curraicealaim soilleir agus air a thuigsinn le luchd-obrach, clann, teaghlaichean agus com-pàirtichean. Tha ar curraicealam gar cuideachadh a bhith soilleir mun eòlas agus na sgilean air a bheil raointean curraicealaim stèidhichte. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ar curraicealam a' toirt taic do chloinn gus a bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan saoranaich earbsach agus nan com-pàirtichean èifeachdach.

Feallsanachd agus dealbhadh a' churraicealaim a tha “lag”

Tha laigsean susbainteach ann an dealbhadh agus cur an gnìomh ar curraicealaim. Chan eil sinn a' dèanamh feum èifeachdach de stiùireadh nàiseanta no rannsachadh stèidhichte air fianais gus ar dòigh-obrach a stiùireadh. Chan eil ar feallsanachd airson ar curraicealaim soilleir agus chan eil e stèidhichte air na prionnsabalan airson dealbhadh curraicealaim. Ged a dh'fhaodadh gum bi sinn a' tabhann raon de dh'eòlasan do chloinn a-staigh agus a-muigh, chan eil iad air an dealbhadh no adhartach. Chan eil na h-eòlasan sin a' leantainn gu clann a' leasachadh fios, sgilean no feartan gu leòr.

Eisimpleirean airson leantainneachd agus adhartas sa churraicealam

Leantainneachd agus adhartas sa churraicealam a tha “glè mhath”

Tha ar curraicealam air leth mothachail air cho sònraichte 's a tha gach pàiste, an teaghlach agus co-theacsa ar coimhearsnachd. Tha e air a chruthachadh ann an co-bhonn ri luchd-ùidh gus sàr-mhathas agus co-ionannachd a libhrigeadh do gach pàiste. Tha cur an gnìomh ar curraicealaim a' toirt taic do chloinn gus leantainneachd agus adhartas fhaighinn ann an ionnsachadh thar gach raon curraicealaim.

Bidh ar luchd-obrach a' cleachdadh dhòighean-obrach làidir airson fiosrachadh mu ionnsachadh a chruinneachadh, a chlàradh agus a cho-roinn a bheir fiosrachadh do chur-an-gnìomh ar curraicealaim. Bidh sinn ag obair còmhla ri co-obraichean gus dèanamh cinnteach gum bi a h-uile pàiste a' faighinn eòlas air sàr eadar-ghluasadan taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-suidheachaidh. Tha ar dòighean-obrach a thaobh eadar-ghluasad fìor èifeachdach ann a bhith a' togail air ionnsachadh chloinne gus taic a thoirt do leantainneachd agus adhartas curraicealaim.

Leantainneachd agus adhartas sa churraicealam a tha “lag”

Tha dìth fiosrachaidh mu chloinn mar luchd-ionnsachaidh a' toirt fìor dhroch bhuaidh air mar a tha sinn a' toirt taic do leantainneachd agus adhartas taobh a-staigh agus thar ìre thràth a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Chan eil dealbhadh stèidhichte gu cunbhalach air an fhios a th' aig cloinn mu thràth agus nas urrainn dhaibh a dhèanamh. Chan eil eadar-ghluasadan a' toirt taic do, no a' togail air, ionnsachadh a bh' aca roimhe. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cothroman gan call airson ionnsachadh a leudachadh no a dhoimhneachadh.

Eisimpleirean airson chom-pàirteachasan

Com-pàirteachasan a tha “glè mhath”

Tha sinn glè eòlach air a’ choimhearsnachd agus a’ cho-theacsa againn agus bidh sinn a’ sireadh agus a’ brosnachadh dhàimhean bhrìoghmhor le raon farsaing de chom-pàirtichean. Tha ar curraicealam air a neartachadh gu mòr tro na dàimhean làidir seo agus na tabhartasan fìor èifeachdach bho chom-pàirteachasan seasmhach a tha air an taghadh gu faiceallach.

Tha sinn a’ cur luach agus urram air tabhartasan riatanach theaghlaichean do dh’ionnsachadh chloinne. Tha pàrantan/luchd-cùraim a’ tuigsinn na dreuchd a tha aca agus tha iad a’ faighinn cothrom gus cur ris a’ churraicealam againn. Bidh sinn ag obair gu fìor èifeachdach le pàrantan/luchd-cùraim agus a’ toirt taic do raon de ghnìomhachdan conaltraidh pàrantan, a’ gabhail a-steach ionnsachadh teaghlaich. Bidh sinn a’ toirt a-steach luchd-ùidh gu gnìomhach ann an dòighean bhrìoghmhor gus cothroman inntinneach is tarraingeach a dhealbhadh agus a libhrigeadh air feadh a’ churraicealaim.

Com-pàirteachasan a tha “lag”

Tha ar com-pàirteachasan cuingealaichte agus chan eil iad air an amalachadh gu math ann an dealbhadh no libhrigeadh a’ churraicealaim. Chan eil an raon chom-pàirteachasan a th’ againn de chàileachd no meud gu leòr airson ar curraicealam a neartachadh no gus feumalachdan an t-suidheachaidh againn a riochdachadh. Chan eil sinn a’ toirt a-steach teaghlaichean ann an dòigh bhrìoghmhor mar chom-pàirtichean ann an ionnsachadh. Tha seo a’ cuingealachadh buntainneachd agus ruigsinneachd a’ churraicealaim a bheir sinn seachad.

Eisimpleirean airson sgilean airson beatha agus ionnsachadh

Sgilean airson beatha agus ionnsachadh a tha “glè mhath”

Bidh sinn a’ libhrigeadh chothroman fìor mhath gus taic a thoirt do leasachadh sgilean chloinne airson beatha is ionnsachadh. Tha seo a’ gabhail a-steach eòlas agus tuigse air an t-saoghal anns a bheil iad beò agus a’ fàs. Bidh clann a’ leasachadh nan sgilean seo tro raon farsaing de dh’eòlasan ann an co-theacsan brosnachail is buntainneach.

Bidh clann a’ faighneachd cheistean, a’ beachdachadh agus a’ dèanamh cheanglaichean thar ionnsachadh gus ciall a dhèanamh den t-saoghal mun cuairt orra agus cùram a ghabhail dheth. Tha litearrachd dhidseatach air a freumhachadh air feadh ar curraicealaim, a’ toirt cothrom do chloinn rannsachadh, a bhith cruthachail agus ceangal ris an t-saoghal taobh a-muigh an eòlais dhirich aca fhèin.

Bidh na dòighean-obrach altraim againn a’ dèanamh cinnteach gu bheil clann a’ leasachadh deagh bheachdan a thaobh atharrachadh agus a’ nochdadh dìongaltas gus soirbheachadh anns na thagh iad. Tha taic ga thoirt do ar cloinn uile gus an sgilean, am misneachd agus am brosnachadh a leasachadh airson piseach san t-

suidheachadh agus sa choimhearsnachd againn a thòiseachadh agus pàirt a ghabhail anna.

Sgilean airson beatha agus ionnsachadh a tha “lag”

Chan eil an curraicealam againn a’ toirt chothroman gu leòr do chloinn na sgilean agus na feartan a dh’fheumas iad a leasachadh gus atharrachadh, soirbheachadh agus ionnsachadh. Gu tric bidh eòlasan air an dealachadh bho cho-theacsan fìor no brioghmhor. Chan eil litearrachd dhidseatach agus ionnsachadh a-muigh air an cur an sàs, agus tha sin a’ cuingealachadh cothroman chloinne sgilean riatanach a leasachadh. Mar thoradh air sin, chan eil dùbhlain, cunbhalachd no doimhneachd ann an ionnsachadh chloinne, agus chan eil builean cho math.

Ceistean dùbhlain airson curraicealam

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh’fhèin-luachadh:

- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil feallsanachd ar curraicealaim stèidhichte air còraichean chloinne agus air fiosrachadh le stiùireadh ionadail is nàiseanta agus rannsachadh stèidhichte air fianais?
- Dè na dòighean agus dè cho èifeachdach 's a bhios sinn a' toirt a-steach luchd-obrach agus luchd-ùidh gus curraicealam a cho-chruthachadh a dh'fhreagras air feumalachdan agus ùidhean chloinne fa leth?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' roinn adhbhar ar curraicealaim le clann, pàrantan/luchd-cùraim, luchd-obrach agus com-pàirtichean?
- Gu dè an ìre a bhios an curraicealam a' toirt aire do chnapan-starra ann an ionnsachadh agus a' dèiligeadh riutha?
- Dè cho math 's a bhios sinn a' dèanamh cinnteach mu leantainneachd agus adhartas sa churraicealam aig prìomh phuingeann eadar-ghluasaid, a' gabhail a-steach nuair a ghluaiseas clann gu seòmar-cluiche, suidheachadh no sgoil eile?
- Ciamar a neartaicheas agus a bheir ar com-pàirteachasan buaidh mhath air dealbhadh agus cur-an-gnìomh a' churraicealaim?
- Dè na dòighean anns a bheil an curraicealam againn a' brosnachadh chruthachalachd, iomairt, ionnsachadh a-muigh agus ionnsachadh airson seasmhachd?
- Gu dè an ìre a bhios an curraicealam againn a' brosnachadh cho-ionannachd agus iomadachd?
- Dè cho math 's a bhios an curraicealam againn a' brosnachadh agus a' toirt taic do sgilean chloinne airson beatha agus ionnsachadh, a' gabhail a-steach ionnsachadh le, tro agus mu theicneòlasan didseatach?

Ionnsachadh, teagasg agus measadh

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a th' ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh.

Cuspairean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- ionnsachadh agus com-pàirteachadh chloinne
- eadar-obrachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh
- dealbhadh agus measadh
- tracadh agus sgrùdadh

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo ag amas air mar a gheibh clann buannachd bho shàr àitichean agus cleachdaidhean stèidhichte a chuidicheas iad gus a bhith a' faireachdainn tèarainte agus deiseil airson a bhith an sàs. Tha e a' sgrùdadh mar a tha clann a' faighinn taic gus dàimhean adhartach a dhèanamh, na faireachdainnean aca a riaghladh, agus pàirt a ghabhail gu h-amasach ann an raon farsaing de dh'eòlasan ionnsachaidh brosnachail. Tha e a' sealltainn cho cudromach 's a tha e gu bheil ìre àrd de sgilean aig luchd-obrach le taic bho dheagh cheannardas air oide-eòlas. Tha seo a' toirt a-steach tuigse shoilleir air oide-eòlas, bun-bheachd cluiche, mar a bhios clann ag ionnsachadh, còraichean chloinne agus giùlan chloinne.

Tha e a' cur luach air deagh dhàimhean, dùilean cunbhalach, agus eadar-obrachaidhean sgileil a leigeas le clann cumail orra a' com-pàirteachadh, cleachdaidhean a leantainn, agus neo-eisimeileachd a thogail nan ionnsachadh. Tha an comharra seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' gabhail beachd-sùla air, agus ag eadar-obrachadh gu mothachail le clann gus an ionnsachadh a dhealbhadh agus a mheasadh. Tha e ag aithneachadh an luach a bhith a' toirt a-steach clann gu h-iomlan ann a bhith a' dealbhadh an ionnsachaidh a-staigh, a-muigh agus sa choimhearsnachd ionadail. Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha tracadh is sgrùdadh làidir air adhartas chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-dreuchd eòlach air pàistean uile mar luchd-ionnsachaidh.

Eisimpleirean airson ionnsachadh agus com-pàirteachadh chloinne

Ionnsachadh agus com-pàirteachadh chloinne a tha “glè mhath”

Tha sinn a’ tuigsinn cho cudromach ’s a tha e dàimhean tèarainte a leasachadh le clann. Mar thoradh air sin, tha dàimhean le clann, agus eadar cloinn, glè mhath agus a’ toirt cothrom dhaibh a bhith a’ faireachdainn luachmhor, sàbhailte agus tèarainte. Bidh cleachdaidhean agus dùilean soilleir, cunbhalach a’ cuideachadh chloinne gus a bhith a’ faireachdainn saoirsneil, misneachd a thogail agus neo-eisimeileachd a leasachadh nan ionnsachadh. Bidh clann a’ cur gu mòr ris an t-suidheachadh ionnsachaidh agus a’ toirt buaidh air roghainnean agus co-dhùnaidhean mun ionnsachadh aca. Tha feumalachdan sunnd is leasachaidh chloinne air an coinneachadh gu math tro eadar-ghluasadan, eòlasan agus àrainneachdan ionnsachaidh a tha air am beachdachadh gu faiceallach.

Bidh sinn a’ dèanamh feum glè èifeachdach de thaobh a-staigh is taobh a-muigh an t-suidheachaidh agus a’ choimhearsnachd ionadail gus eòlasan àrd-inbhe, fìor-bheatha a thoirt seachad. Tha ar clann air am brosnachadh agus a’ cumail orra a’ com-pàirteachadh fhad ’s a bhios iad ag eadar-obrachadh, gu h-amasach le raon farsaing de chothroman dùbhlach is fosgailte air feadh a’ churraicealaim. Tha sinn glè èifeachdach ann a bhith a’ cleachdadh na h-àrainneachd gus taic a thoirt do dh’ionnsachadh chloinne. Bidh clann a’ rannsachadh, a’ dèanamh dheuchainn, agus a’ leasachadh feòrachas agus cruthachalachd tro raon farsaing de shàr ghoireasan agus àiteichean. Bidh sinn a’ beachdachadh gu faiceallach air mar a tha an latha a’ ruith, a’ toirt aire do chothroman do chloinn ionnsachadh a chur am meud agus a bhith gnìomhach agus a’ toirt ùine agus àite dhaibh airson fois a ghabhail.

Ionnsachadh agus com-pàirteachadh chloinne a tha “lag”

Chan eil tuigse cheart againn air oide-eòlas tràth-ionnsachaidh, bun-bheachd cluiche, mar a bhios clann ag ionnsachadh no còraichean chloinne. Mar thoradh air sin, chan eil an àrainneachd ionnsachaidh a’ toirt taic do chloinn a bhith feòrachail, cruthachail no ionnsachadh mean air mhean tro chluich. Chan eil eòlasan no àiteachan gu cunbhalach a’ brosnachadh com-pàirteachadh amasach no brosnachadh seasmhach. Chan eil mòran chothroman aig cloinn airson an ionnsachadh a stiùireadh. Chan eil eadar-ghluasadan an-còmhnaidh air an deagh dhealbhadh, agus tha seo a’ toirt buaidh air cho math ’s a tha feumalachdan leasachaidh chloinne air an coinneachadh. Chan eil ar clann a’ faighinn taic gu cunbhalach gus dùilean a thuigsinn no an giùlan a riaghladh ann an dòighean a bhrosnaicheas com-pàirteachadh agus ionnsachadh adhartach.

Eisimpleirean airson eadar-obrachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh

Eadar-obrachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh a tha “glè mhath”

Tha tuigse glè mhath againn air oide-eòlas tràth-ionnsachaidh agus bidh sinn ga cur an gnìomh gu sgileil gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh chloinne. Tha dàimhean urramach, freagairteach, agus còraichean chloinne aig cridhe ar n-eadar-obrachaidh uile. Bidh sinn ag èisteachd gu faiceallach ri beachdan a h-uile pàiste agus tha sinn mothachail air na feumalachdan, na h-ùidhean agus na stoidhlichean ionnsachaidh aca. Tha sinn a' cur luach air na beachdan aca agus a' toirt taic do gach pàiste gus na beachdan aca a chur an cèill.

Bidh ar n-eadar-obrachadh a' brosnachadh àrainneachd ionnsachaidh chiùin, amasach. Bidh sinn a' toirt taic chùramach do chloinn gus dùilean a thuigsinn agus an giùlan a riaghladh ann an dòighean a leigeas le gach neach ionnsachadh gu math, còmhla. Bidh sinn ag eadar-obrachadh gu mothachail le pàrantan agus gan toirt a-steach anns a h-uile roinn de dh'ionnsachadh an cuid chloinne.

Tha fios aig ar luchd-obrach sgileil cuin a bu chòir dhaibh beachd-sùla a ghabhail air cluich, agus eadar-obrachadh le bhith a' cleachdadh cheistean, beachdan agus modaileadh a tha air an deagh bhreithneachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh chloinne agus a leudachadh. Bidh sinn a' brosnachadh agus a' toirt taic do chloinn a bhith nan luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach fhad 's a bhios iad a' leasachadh, a' cur an sàs agus a' daingneachadh an sgilean. Bidh sinn a' dèanamh feum fìor èifeachdach de theicneòlas didseatach gus ionnsachadh agus teagasg chloinne a neartachadh. Tha dòigh-obrach mhath againn a thaobh ar cleachdadh de theicneòlasan didseatach agus bheir sinn aire do dh'ìrean leasachaidh chloinne. Bidh clann ag ionnsachadh mu dheidhinn, agus a' cleachdadh, raon farsaing de theicneòlas didseatach ann an dòigh shàbhailte agus chruthachail, gus taic a thoirt don ionnsachadh aca agus a leudachadh.

Eadar-obrachadh gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh a tha “lag”

Chan eil ar n-eadar-obrachaidhean a' toirt taic do leasachadh chloinne no a' leudachadh an ionnsachaidh gu cunbhalach. Chan eil sinn misneachail ann a bhith a' cleachdadh ceasnachadh, modaileadh no beachdan gus cluich a neartachadh. Tha ionnsachadh chloinne, le agus tro theicneòlas didseatach, cuingealaichte. Chan eil ar dàimhean ri cloinn agus teaghlaichean freagairteach no urramach gu leòr gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh brìoghmhor. Chan eil còraichean agus beachdan chloinne follaiseach gu làidir ann an cleachdadh làitheil.

Eisimpleirean airson dealbhadh is measadh

Dealbhadh is measadh a tha “glè mhath”

Le bhith ag obair còmhla ri pàrantan, luchd-cùraim, clann, com-pàirtichean agus co-obraichean, bidh sinn a’ tional raon buntainneach de dh’fhiosrachadh mu chloinn agus an ionnsachadh a bh’ aca roimhe. Tha sinn air leth sgileil ann a bhith a’ cumail sùil air, agus a’ clàradh, ionnsachadh is coileanaidhean cudromach chloinne. Còmhla, tha am fiosrachadh measaidh làidir seo a’ toirt seachad fianais earbsach mu chloinn. Bidh sinn ga chleachdadh gus dealbh iomlan den phàiste a chruthachadh agus breithneachaidhean ceart a dhèanamh mu adhartas is ionnsachadh chloinne san àm ri teachd.

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh ionnsachadh a chlàradh a’ toirt cumhachd do chloinn bruidhinn mu na choilean iad agus beachdachadh air dè an ath rud a dh’fhaodadh iad ionnsachadh. Tha ar planadh airson ionnsachadh chloinne an dà chuid freagairteach agus amasach gus dèanamh cinnteach gu bheil cothromachadh iomchaidh ann eadar eòlasan air an tòiseachadh leis a’ chloinn, air an tòiseachadh le inbhich agus air an stiùireadh le inbhich. Bidh sinn a’ toirt aire do bheachdan, ùidhean agus feumalachdan chloinne agus a’ cleachdadh dhòighean mac-meanmnach agus iomchaidh gus an toirt a-steach do dhealbhadh ionnsachaidh. Bidh sinn a’ dealbhadh sàr eòlasan a tha buntainneach do chloinn agus do theaghlaichean.

Bidh an luchd-obrach againn a’ cleachdadh fiosrachadh measaidh chloinne le pàrantan/luchd-cùraim airson ceumannan iomchaidh a dhealbhadh gus clann a chuideachadh a’ dèanamh adhartas agus an ionnsachadh a dhoimhneachadh. Tro bhith a’ bruidhinn ri co-obraichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh an t-suidheachaidh againn, tha tuigse cho-roinnte againn air adhartas agus coileanaidhean chloinne fhad ’s a bhios iad a’ fàs agus ag ionnsachadh.

Dealbhadh agus measadh a tha “lag”

Chan eil ar dealbhadh air a stiùireadh le tuigse shoilleir air ùidhean chloinne no na sgilean a tha iad a’ leasachadh. Tha mì-chothromachadh eadar ionnsachadh amasach agus ionnsachadh freagairteach, agus chan eil clann an sàs gu brìghmhor ann an dealbhadh an ionnsachaidh. Chan eil na beachdan-sùla againn air ionnsachadh chloinne a’ nochdadh sgilean fa leth chloinne gu ceart. Tha fiosrachadh measaidh gann agus chan eil e a’ toirt taic do chloinn, luchd-obrach agus pàrantan gus meòrachadh air adhartas no coileanaidhean chloinne. Mar thoradh air sin, chan eil na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh a’ buntainn ri clann fa leth, air an deagh bhreithneachadh, iomchaidh no àrd-amasach.

Eisimpleirean airson tracadh agus sgrùdadh

Tracadh agus sgrùdadh a tha “glè mhath”

Bidh luchd-obrach a’ cleachdadh shiostaman glè èifeachdach gus sgrùdadh, clàradh, luachadh agus aithris a dhèanamh air adhartas chloinne thar a’ churraicealaim, a’ gabhail a-steach clann a dh’fhaodadh a bhith a’ fulang le cnapan-starra nan ionnsachadh. Bidh sinn a’ toirt aire do bheachdan phàrantan/luchd-cùraim, cho-obraichean, agus chom-pàirtichean sa phròiseas seo. Tha tuigse shoilleir aig pàrantan/luchd-cùraim air dè tha ag obair gu math airson an cuid chloinne agus mar a gheibh iad taic gus adhartas leantainneach a dhèanamh.

Tha na siostaman tracadh làidir againn a’ sealltainn adhartas chloinne thar ùine agus a’ comharrachadh far a bheil feum air barrachd taic do chloinn fa leth no buidhnean de chloinn. Bidh an dàta seo a’ toirt fiosrachadh don dealbhadh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a’ toirt seachad leud, doimhneachd agus dùbhlann air feadh a’ churraicealaim do gach pàiste. Bidh sinn a’ dèanamh sgrùdadh faiceallach gus taic a thoirt do dh’ionnsachadh chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil buaidh mhath aca.

Tracadh agus sgrùdadh a tha “lag”

Chan eil na siostaman againn airson ionnsachadh chloinne a thracadh agus a sgrùdadh, a’ nochdadh an adhartais a bhios clann fa leth a’ dèanamh, gu pongail. Chan eil sinn a’ toirt làn aire do bheachdan chloinne, phàrantan, cho-obraichean no chom-pàirtichean nuair a bhios sinn a’ comharrachadh nan ath cheumannan ann an ionnsachadh. Tha earbsachd agus cleachdadh an dàta againn a’ cuingealachadh buaidh ar n-eadar-theachdan agus taic a bharrachd a thathar a’ toirt seachad.

Tha dìth tracadh, sgrùdadh agus modarataireachd làidir air adhartas chloinne a’ ciallachadh nach eil eòlas gu leòr againn mu chloinn mar luchd-ionnsachaidh agus gu bheil e mearachdach.

Ceistean dùbhlain airson ionnsachadh, teagasg agus measadh

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' brosnachadh agus a' com-pàirteachadh a h-uile pàiste nan ionnsachadh? Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil sàr ionnsachadh air a chumail suas?
- Dè cho math 's a tha sinn a' dealbhadh agus a' riaghladh eadar-ghluasadan tron latha aig pàiste?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil sinn a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air còraichean a thaobh ionnsachadh, teagasg agus measadh? Dè na dòighean anns a bheil cothrom aig cloinn a bhith neo-eisimeileach, earbsach, agus an ionnsachadh fhèin a stiùireadh?
- Dè cho math 's a bhios an luchd-obrach a' cleachdadh sàr eadar-obrachaidhean gus taic a thoirt do smaoineachadh is ionnsachadh chloinne, an cur fo dhùbhlain agus an leudachadh?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' toirt taic do chloinn gus teicneòlas didseatach a chleachdadh gu h-èifeachdach agus gu cruthachail gus an ionnsachadh a leasachadh?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' cleachdadh ar dàta measaidh gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh airson ionnsachadh chloinne? Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt a-steach pàrantan/luchd-cùraim?
- Dè cho math 's a tha an cothromachadh eadar dealbhadh amasach agus dealbhadh freagairteach a' ceadachadh leud, doimhneachd, dùbhlain agus adhartas thar a' churraicealaim? Dè na dòighean anns a bheil clann a' toirt buaidh air dealbhadh gus na rudan anns a bheil ùidh aca a thoirt air adhart?
- Dè cho làidir 's a tha na pròiseasan againn airson a bhith a' tracadh agus a' sgrùdadh neartan chloinne, feumalachdan fa leth, no beàrnan nan eòlasan no nan ionnsachadh a chomharrachadh?
- Dè cho math 's a bhios luchd-obrach agus àrd-luchd-stiùiridh a' cleachdadh chòmhraidhean mu ionnsachadh chloinne gus breithneachaidhean ceart a dhèanamh mun adhartas aca? Dè cho earbsach 's a tha ar breithneachadh proifeasanta?

Cùram agus taic altraim

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a th' ann an cùram agus taic altraim. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh. Tha eisimpleirean de chùram agus taic altraim rim faighinn cuideachd airson suidheachaidhean luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile.

Cuspairean airson cùram agus taic altraim

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- cùram altraim
- dealbhadh pearsanta
- co-cheangal le teaghlaichean

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra seo ag amas air cho math 's a tha clann air an altram, agus a' faighinn cùram agus taic. Tha cleachdaidhean cùraim is ionnsachaidh air an dealbhadh airson gach pàiste fa leth gus coinneachadh ris na feumalachdan aca agus bu chòir an libhrigeadh le caoimhneas agus co-fhaireachdainn.

Tha fòcas air [dealbhadh pearsanta](#) a tha a' nochdadh fheumalachdan iomlanach gach pàiste, a' brosnachadh an sunnd agus a' toirt taic do dheagh bhuilean. Tha an comharra seo a' nochdadh gum feum [clann agus an teaghlaichean a thoirt a-steach](#) ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean mun chùram agus taic. Feumar beachdachadh gu faiceallach air clann a tha a' gluasad eadar diofar àitichean agus suidheachaidhean gus dèanamh cinnteach mu chùram sàbhailte agus taiceil.

Tha an comharra seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha e ceangal a dhèanamh ri cloinn agus an teaghlaichean. Bu chòir do luchd-obrach àrainneachd fhàilteachail a chruthachadh agus beachdachadh air suidheachaidhean sònraichte gach pàiste gus dèanamh cinnteach à eadar-ghluasadan rèidh agus eòlasan adhartach. Faodaidh fìor dheagh bhuaidh a bhith aig ceanglaichean làidir a bhrosnachadh le teaghlaichean air sunnd pàiste.

Eisimpleirean airson cùram altraim

Cùram altraim a tha “glè mhath”

Tha ar cleachdadh stèidhichte air an tuigse gu bheil dàimhean altraim riatanach airson fàs is leasachadh chloinne. Bidh clann a’ faighinn cùram blàth, cunbhalach agus freagairteach a bhrosnaicheas an sunnd. Tha iad sàbhailte, a’ faighinn cùram mothachail agus air an cuideachadh gu sgileil gus na feumalachdan aca a chur an cèill.

Tha sinn a’ tuigsinn cho cudromach ’s a tha eadar-ghluasadan taiceil agus a’ tuigsinn gum faod an cudromachd atharrachadh bho phàiste gu pàiste. Bidh sinn gu cunbhalach a’ measadh feumalachdan fa leth gach pàiste agus a’ luachadh èifeachdas ar ro-innleachdan eadar-ghluasaid. Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach mu dhàimhean cunbhalach gus taic a thoirt do dh’eadar-ghluasadan rèidh agus gus cùram is eòlasan ionnsachaidh chloinne a chumail cunbhalach. Air ar stiùireadh leis a’ chleachdadh as fheàrr, leithid ‘A’ coileanadh a’ chomais’, bidh sinn a’ luachadh ar dòighean-obrach agus a’ strì an-còmhnaidh ri ar cleachdadh a leasachadh. Tha buaidh mhath aig na diofar bhuidhnean aoise san t-suidheachadh air eadar-ghluasadan oir bidh clann nas sine air am brosnachadh gus fàilte a chur air cloinn nas òige no nas ùire, taic a thoirt dhaibh agus an stiùireadh.

Tha spèis ga thoirt do phrìobhaideachd agus urram chloinne. Bidh sinn a’ cothromachadh brosnachadh neo-eisimeileachd chloinne le bhith a’ toirt taic dhaibh far a bheil feum air. Bidh sinn an-còmhnaidh a’ meòrachadh air ar cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e a rèir atharrachadh ann am feumalachdan agus leasachadh chloinne. Bidh sinn a’ cruthachadh àitichean eadar-mheasgte a tha a’ toirt taic do chloinn gus aithne a chur air a chèile, cluich ann am buidhnean beaga no leotha fhèin ma thogras iad. Bidh seo a’ toirt buaidh mhath air comas ar cloinne na faireachdainnean aca a riaghladh agus sgilean sòisealta a thogail.

Tha roghainnean bìdh chloinne beathachail, iomchaidh a thaobh cultar agus air an ullachadh gu sàbhailte gus dèiligeadh ri feumalachdan bìdh sònraichte, aileirdsidhean no neo-fhulangas. Tha iad a rèir stiùiridhean bìdh làithreach a’ gabhail a-steach stiùireadh mu bhiadh ann an suidheachaidhean tràth-ìrean ‘[A’ seatadh a’ bhuird](#)’ agus ‘[Biadh a cunntais](#)’. Tha deoch uisge ri fhaighinn gu furasta tron latha. Tha sinn a’ meas chleachdaidhean làitheil, leithid àm bìdh, mar chothroman luachmhor gus com-pàirteachadh agus neo-eisimeileachd chloinne a bhrosnachadh agus cur ris na h-eòlasan aca.

Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil cunbhalachd ann a thaobh cò a bheir cùram is taic do phàiste agus mar a thèid a libhrigeadh. Bidh cunbhalachd ann an cleachdaidhean leithid àm bìdh, àm norraig is cùram pearsanta a’ toirt faireachdainn sàbhailteachd is tèarainteachd do ar cloinn. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil na cleachdaidhean làitheil seo nan deagh chothroman airson ceangal a dhèanamh ri cloinn agus taic a thoirt don fhàs is an leasachadh aca. Bidh sinn ag obair gu dlùth le teaghlaichean agus, nuair a tha e iomchaidh, le clann gus cungaidhean-leigheis a thoirt dhaibh gu sàbhailte. Tha sinn dealasach a thaobh sàbhailteachd gach pàiste agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil na dòighean cùram is taice againn a rèir nan cleachdaidhean, an stiùiridh agus na poileasaidhean as fheàrr a th’ againn an-dràsta.

Cùram altraim a tha “lag”

Chan eil sinn a’ freagairt gu h-iomchaidh ri conaltradh labhairteach is neo-labhairteach chloinne. Faodaidh nàdar cabhagach nan eadar-obrachaidhean againn leantainn gu tòna is dòigh-obrach a tha a’ dol an aghaidh feumalachdan chloinne. Bidh seo gu tric ag adhbhrachadh nach eil clann a’ sireadh cofhurtachd no taic bhon luchd-obrach, rud a tha dona airson an sunnd.

Tha ar dòigh-obrach rag a thaobh chleachdaidhean làitheil a’ cuingealachadh cothroman chloinne misneachd a thogail agus fàs tro na dh’fhiosraicheas iad fhèin. Chan eil ro-innleachdan airson eadar-ghluasadan rèidh air an leasachadh no air an luachadh agus chan eil iad a’ coinneachadh ri feumalachdan chloinne fa leth. Chan eil iad an sàs gu gnìomhach ann a bhith a’ dealbhadh nan cleachdaidhean no eòlasan a bhios sinn a’ tabhann, agus gu tric bidh na roghainnean agus na feumalachdan aca air an dearmad.

Bidh atharrachaidhean tric air rèiteachaidhean luchd-obrach a’ cur cleachdaidhean chloinne troimh-a-chèile agus a’ cruthachadh faireachdainn de neo-sheasmhachd. Tha na h-atharrachaidhean tric duilich do chuid de chloinn, agus chan eil an ùine no na goireasan againn gus taic a thoirt dhaibh. Bidh seo gu tric ag adhbhrachadh gum bi clann mì-chinnteach no ann an èiginn airson ùine mhòr.

Chan eil roghainnean bìdh fallain. Cha bhi sinn a’ dealbhadh biadh is greimean-bìdh a rèir an stiùireadh beathachaidh làithreach. Chan eil tuigse gu leòr againn air feumalachdan chultarail is bìdh fa leth chloinne, agus mar sin tha e duilich an cumail sàbhailte agus spèis iomchaidh a thoirt dhaibh.

Nuair a bhios biadh no greimean-bìdh air an toirt seachad, chan eil mòran com-pàirt aig cloinn ann an dealbhadh no ullachadh. Aig àm bìdh, bidh aire luchd-obrach air gnìomhan, seach sùil a chumail air clann agus eadar-obrachadh leotha gus an eòlas a leasachadh agus an cumail sàbhailte.

Tha sinn a’ cuingealachadh cothrom chloinne air uisge òl. Chan eil sinn a’ tuigsinn nan comharraidhean a sheallas gur mathaid gum feum pàiste deoch uisge. Chan eil luchd-obrach a’ tuigsinn cho cudromach ’s a tha e clann a chuideachadh a’ faighinn uisge gu leòr.

Eisimpleirean airson dealbhadh pearsanta

Dealbhadh pearsanta a tha “glè mhath”

Tha sunnd chloinne air a chumail suas tro dhealbhadh pearsanta èifeachdach. Tha a h-uile pàiste, ge bith dè na feartan pearsanta aca, air an aithneachadh mar dhaoine comasach, ionmhainn a tha a’ faighinn èisteachd agus urram. Bidh planaichean pearsanta a’ brosnachadh còraichean chloinne agus a’ cur luach air gach pàiste fa leth agus an teaghlach.

Tha planaichean pearsanta air an dèanamh freagarrach do neartan, feumalachdan agus ùidhean gach pàiste. Bidh sinn a’ cruthachadh phlanaichean brìoghmhor le clann agus gan ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean freagarrach agus taiceil.

Bidh sinn ag obair gu gnìomhach le clann, teaghlaichean agus proifeiseantaich eile gus feumalachdan taice a chomharrachadh agus tha ro-innleachdan soilleir againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sunnd chloinne air a chumail suas. Nuair a dh’fheumas pàiste taic bho iomadh buidheann, bidh proifeiseantaich eile a’ cur ri planaichean pearsanta chloinne. Tha plana pearsanta gach pàiste so-ruigsinneach, sùbailte agus tha ro-innleachdan ann airson cùram, taic agus dìon, mar a dh’fheumar.

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh dealbhadh pearsanta a’ beachdachadh air stiùiridhean deagh chleachdaidh agus tha e stèidhichte air frèam-obrach [‘Ga fhaighinn ceart airson gach leanabh’ \(GIRFEC\)](#), a’ cleachdadh comharran sunnd gus sunnd iomlan chloinne a mheasadh agus a dhealbhadh. Tha na comharran a’ toirt dhuinn cànan cumanta airson neartan, feumalachdan agus adhartas chloinne a mheasadh agus a dheasbad le teaghlaichean agus proifeiseantaich eile.

Bidh dòigh-obrach a tha ag amas air a’ phàiste a’ stiùireadh ar ro-innleachdan airson eadar-ghluasad. Bidh sinn a’ cur chloinne is teaghlaichean aig cridhe pròiseas co-dhùnaidh sam bith. Tha seo a’ gabhail a-steach cuin a thòisicheas pàiste san t-seirbheis againn no a ghluaiseas iad eadar seirbheisean. Tha fiosrachadh, a bheir taic do leantainneachd agus adhartas ann an cùram is taic pàiste, air a cho-roinn gu h-iomchaidh, gu tèarainte, agus ann an deagh àm. Bidh luchd-obrach a’ cleachdadh dhòighean-obrach sùbailte a tha air an dealbhadh gu math gus leigeil le clann a bhith a’ faireachdainn sàbhailte agus tèarainte le atharrachaidhean sam bith.

Dealbhadh pearsanta a tha “lag”

Chan eil planaichean pearsanta a rèir cloinn fa leth, no brìoghmhor, agus chan eil iad gar cuideachadh gu h-èifeachdach gus coinneachadh ri feumalachdan gach pàiste. Chan eil clann a dh’fheumas taic a bharrachd, ge bith an ann san ùine ghoirid no san fhad-ùine, a’ faighinn cùram iomchaidh. Dh’fhaodadh seo droch bhuaidh a thoirt air leasachadh chloinne.

Bidh sinn a’ cur cus cuideim air na rudan nach urrainn do chloinn a dhèanamh agus chan eil sinn a’ toirt mòran aire do na neartan agus na h-ùidhean aca, agus tha sin a’ leantainn gu amasan agus ro-innleachdan taice mì-reusanta agus neo-èifeachdach.

Tha cothroman air obrachadh còmhla ri proifeiseantaich eile gus deagh bhuilean a choileanadh do chloinn, air an call. Nuair a bhios sinn a' co-obrachadh, cha bhi sinn a' co-roinn fiosrachadh gu h-èifeachdach, ag ùrachadh phlanaichean sgrìobhte chloinne no a' leasachadh an cùraim. Tha seo a' toirt droch bhuaidh air cunbhalachd agus càileachd a' chùraim agus na taice a bheir sinn seachad.

Chan eil planaichean pearsanta a' gèilleadh ri stiùireadh no reachdas nàiseanta. Chan eil cothroman againn meòrachadh air planaichean pearsanta gus cuideachadh le bhith a' leasachadh eadar-obrachaidhean, eòlasan agus àitichean a choinnicheas ri feumalachdan chloinne. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cothroman air an call gus clann a chur air an socair, a' faireachdainn comhfhurtail, sàbhailte agus a' faighinn dùbhlàn iomchaidh.

Chan eil dòighean-obrach airson eadar-ghluasad a' toirt aire do dh'fheumalachdan agus beachdan chloinne is theaghlaichean fa leth. Tha seo a' ciallachadh gu bheil sinn a' call fiosrachadh cudromach gus dealbhadh airson atharrachaidhean sam bith ann an cùram, taic no eòlasan. Mar thoradh air sin bidh cuid de chloinn ann an èiginn no a' faireachdainn mì-thèarainte.

Chan eil sinn a' toirt a-steach guthan chloinne is theaghlaichean. Tha seo a' ciallachadh nach tèid luach a chur air na beachdan aca no an cleachdadh ann a bhith a' dealbhadh airson clann. Tha seo a' cur ri dìth leantainneachd agus dìth cunbhalachd ann an cùram is taic chloinne.

Tha droch mì-chunbhalachdan, ann an roinneadh fiosrachaidh agus gleidheadh chlàran, air sàbhailteachd ar cloinne a chur ann an cunnart. Chan eil am fiosrachadh no an t-eòlas riatanach aig luchd-obrach an-còmhnaidh gus clann a chumail sàbhailte, air an altram agus a' faighinn taic. Tha seo air leantainn gu dearmad, leithid mearachdan ann an àm no dòs cungaidh-leigheis, a' cur leas chloinne ann an cunnart.

Eisimpleirean airson co-cheangal le teaghlaichean

Co-cheangal le teaghlaichean a tha “glè mhath”

Tha sinn glè eòlach air ar clann agus ar teaghlaichean. Bidh sinn a’ dèanamh oidhirp mhòr gus àrainneachd bhlàth is fàilteachail a chruthachadh far am bi clann is teaghlaichean a’ faireachdainn gu bheil luach ga chur orra agus gu bheil iad a’ faighinn taic. Tha buaidh mhòr aig na beachdan a gheibhear bhon teaghlach aca air a’ chùram a bheir sinn do chloinn. Tha seo gar cuideachadh gus àitichean a chruthachadh a tha mothachail air cultar, a tha ruigsinneach agus a tha a’ toirt a-steach a h-uile duine.

Bidh na ceanglaichean a th’ againn ri teaghlaichean a’ meudachadh an com-pàirteachaidh anns an t-seirbheis againn, a’ toirt buaidh mhath air càileachd eòlasan chloinne. Bidh sinn a’ toirt aithne dhaibh, ag ionnsachadh bhuapa, agus a’ togail air na neartan a tha teaghlaichean a’ toirt leotha, agus a’ freagairt gu mothachail ri feumalachdan agus suidheachaidhean fa leth. Leigidh an co-obrachadh seo leinn ionnsachadh bho theaghlaichean, taic a thoirt do mhothachadh chloinne orra fhèin, agus dèanamh cinnteach gu bheil an suidheachadh againn fhathast a’ freagairt air na feumalachdan sònraichte aca.

Bidh cothroman cunbhalach aig teaghlaichean beachdachadh air cùram is leasachadh an cuid chloinne, gu neo-fhoirmeil agus gu foirmeil. Tha siostaman againn gus taic a thoirt do chonaltradh le teaghlaichean, ann a labhairt agus sgrìobhadh. Tha sinn ag aithneachadh agus a’ dèiligeadh ri mòran de na cnapan-starra a dh’fhaodadh a dhèanamh duilich do theaghlaichean a bhith an sàs san t-suidheachadh againn.

Tha sinn a’ tuigsinn gu bheil leasachadh gach pàiste air a chumadh leis an teaghlach, na caraidean, a’ choimhearsnachd agus na h-eòlasan a gheibh iad. Tha sinn a’ cur fàilte chridheil air teaghlaichean don t-suidheachadh againn gus eòlasan an cuid chloinne a cho-roinn agus gus innse mu chur-seachadan agus ùidhean chloinne taobh a-muigh an t-suidheachaidh againn. Tha seo a’ toirt buaidh mhath air càileachd cùram is taic chloinne, an dà chuid aig an taigh agus san t-suidheachadh.

Co-cheangal le teaghlaichean a tha “lag”

Chan eil conaltradh le teaghlaichean air a dhealbhadh no air a dhèanamh le adhbhar. Mar thoradh air sin, chan eil mòran fianais ann air a’ bhuidhe air, no na buannachdan do chùram no leasachadh chloinne. Chan eil ar coinneamhan le teaghlaichean a’ cruinneachadh am beachdan air na tha cudromach dhaibh fhèin no don chloinn aca. Is ann ainneamh a bheir sinn freagairtean do dh’iarrtasan airson tuilleadh fiosrachaidh. Mar thoradh air sin, tha mòran theaghlaichean a’ faireachdainn nach eil iad a’ faighinn èisteachd.

Chan eil sinn a’ cur mòran luach air dàimhean earbsach a thogail le teaghlaichean gus sunnd chloinne a leasachadh. Tha cothroman tràtha air freagairt gu h-èifeachdach ri feumalachdan chloinne is theaghlaichean air an call. Tha seo a’ ciallachadh nach eil teaghlaichean an-còmhnaidh air an tuigsinn agus air an

làimhseachadh le urram agus spèis. Tha teaghlaichean ag innse dhuinn nach eil iad a' faireachdainn fàilte nar seirbheis.

Chan eil tuigse gu leòr againn air na neartan agus an t-eòlas a bheir teaghlaichean don t-suidheachadh againn. Chan eil sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh a bhios iad a' toirt dhuinn gus ar cùram agus ar taic do chloinn a stiùireadh. Tha seo a' cur ri mì-chinnt chloinne agus faodaidh e na h-eòlasan aca a chuingealachadh.

Tha dìth fios-air-ais math air a thoirt do theaghlaichean thar gach taobh de chùram is taic an cuid chloinne. Chan eil mòran eadar-obrachadh neo-fhoirmeil againn le teaghlaichean aig amannan cudromach leithid fàgail is togail chloinne. Tha cothroman airson roinn fiosrachaidh gann. Chan eil sinn gu gnìomhach a' sireadh dàimhean a thogail le teaghlaichean chloinne. Mar thoradh air sin, tha sinn a' call chothroman gus clann a chumail sàbhailte agus na h-eòlasan aca a leasachadh.

Ceistean dùbhlain airson cùram agus taic altraim

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè na cleachdaidhean, na teòiridhean agus an stiùireadh as fheàrr a tha a' neartachadh ar cùram agus ar taic do chloinn?
- Ciamar a bheir ar beachdan-sùla agus ar n-eòlas air pàiste buaidh air cleachdaidhean làitheil?
- A bheil an dòigh-obrach againn a thaobh eadar-ghluasad a' cuideachadh clann gus a bhith a' faireachdainn sàbhailte agus tèarainte? Ciamar a tha fios againn gu bheil an dòigh-obrach againn èifeachdach?
- Dè na siostaman, na pròiseasan agus na dòighean-obrach a th' againn gus clann a chumail sàbhailte? Ciamar a tha fios againn gu bheil iad èifeachdach?
- Dè a dh'fheumas sinn a dhèanamh gus a bhith cinnteach gum bi guthan a h-uile pàiste, labhairteach agus neo-labhairteach, air an cluinntinn agus air am freagairt?
- Ciamar a tha fios againn gu bheil a h-uile ball den luchd-obrach a' tuigsinn gu h-iomlan agus a' cur an gnìomh ar dòighean-obrach a thaobh in-ghabhaltachd, iomadachd agus co-ionannachd?
- Dè cho math 's a tha luchd-obrach a' tuigsinn agus a' dìon còraichean chloinne is theaghlaichean a tha air eòlas fhaighinn air cùram?
- Dè a bhios sinn a' dèanamh gus eòlasan ithe sòisealta is fallain adhartachadh?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' conaltradh le clann, teaghlaichean agus/no proifeiseantaich chom-pàirteach gus cùram is taic chloinne a dhealbhadh còmhla?
- Nuair a ruigeas clann agus an teaghlaichean an suidheachadh againn, ciamar a bhios fios againn gu bheil fàilte orra?

Sunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a th' ann an sunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh.

Cuspairean airson sunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- deagh dhàimhean agus sunnd
- taic uile-choitcheann
- comharrachadh agus measadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic chuimsichte
- in-ghabhaltachd agus co-ionannachd

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh cho cudromach 's a tha deagh dhàimhean agus sunnd chloinne. Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e sàr thaic in-ghabhalach agus iomchaidh, stèidhichte air còraichean, a thoirt seachad.

Bidh na dòighean-obrach seo a' leantainn gu builean nas fheàrr airson ionnsachadh, sunnd agus com-pàirteachadh chloinne. Tha e a' toirt làn aire do chloinn a dh'fhaodadh a bhith feumach air taic a bharrachd gus cothrom fhaighinn air, agus làn bhuannachd fhaighinn às, an còir air tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne àrd-inbhe. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh agus a' luachadh am feumalachdan ionnsachaidh is sunnd ann an deagh àm agus a' toirt seachad taic phearsanaichte agus chuimsichte.

Tha an comharra càileachd seo ag aithneachadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas làidir, co-obrachail eadar an fheadhainn a tha a' toirt taic do chloinn. Tha e a' nochdadh cho cudromach 's a tha conaltradh brìghmhor le cloinn is teaghlaichean gus fiosrachadh a thoirt do cho-dhùnaidhean mu mar a bu chòir coinneachadh ri feumalachdan chloinne.

Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh na pàirt chudromaich a th' aig àrd-luchd-stiùiridh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh proifeasanta buntainneach is brìghmhor aig a h-uile neach-obrach gus coinneachadh ri feumalachdan eadar-mheasgte, agus uaireannan iom-fhillte, chloinne.

Cuspairean airson deagh dhàimhean agus sunnd

Deagh dhàimhean agus sunnd a tha “glè mhath”

Bidh sinn a’ toirt taic do chloinn gus am faireachdainnean agus an giùlan a thuigsinn agus a riaghladh ann an dòighean a bhrosnaicheas deagh dhàimhean, com-pàirteachadh agus in-ghabhalachd. Tha sinn a’ tuigsinn gu h-iomlan gu bheil dàimhean aig cridhe leasachadh chloinne agus nam bunait airson ionnsachadh fad-beatha agus sunnd. Tha sunnd chloinne agus theaghlaichean air leth cudromach agus aig cridhe obair an t-suidheachaidh againn.

Tha dàimhean stèidhichte air spèis, onair agus earbsa agus a bhith ga fhaighinn ceart gus builean a leasachadh do chloinn agus do theaghlaichean. Bidh sinn gu gnìomhach a’ toirt taic do ar cloinn gus a bhith sàbhailte, fallain, soirbheachail, air an altram, gnìomhach, cunntachail agus air an urramachadh agus air an gabhail a-steach. Is urrainn dhuinn sealltainn na buaidh mhòir a th’ aig seo air sunnd sòisealta, faireachdainnean agus inntinn ar cloinne, a bharrachd air an leasachadh agus an ionnsachadh.

Tha luchd-obrach a’ cur luach air gach pàiste mar neach fa leth lem pearsa, beachdan, feumalachdan agus còraichean fhèin. Bidh sinn gu gnìomhach a’ brosnachadh com-pàirteachadh chloinne ann an dòigh a tha iomchaidh a thaobh an leasachaidh. Leigidh seo le clann na beachdan aca a chur an cèill, nan dòigh fhèin, mun t-sunnd aca agus pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra.

Deagh dhàimhean agus sunnd a tha “lag”

Ged a dh’fhaodadh gu bheil ar dàimhean ri cloinn blàth is càirdeil, chan eil sinn a’ nochdadh tuigse dhomhainn gu leòr air sunnd, in-ghabhalachd no co-ionannachd. Mar thoradh air sin, chan eil clann a’ faighinn taic chunbhalach gus am bi iad a’ faireachdainn sàbhailte, air an urramachadh no air an gabhail a-steach. Tha cothroman gann do chloinn na beachdan aca a chur an cèill no pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean a bheir buaidh orra. Tha seo a’ toirt buaidh air am faireachdainn de bhuinteanas agus an sunnd faireachdainnean.

Eisimpleirean airson taic uile-choitcheann

Taic uile-choitcheann a tha “glè mhath”

Bidh sinn a’ toirt taic is brosnachadh air leth èifeachdach do gach pàiste gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine air an gabhail a-steach. Tha cleachdadh in-ghabhalach air a thoirt a-steach air feadh ar solar uile-choitcheann, a’ toirt cothrom do chloinn le feumalachdan taice a bharrachd ionnsachadh fhaighinn ann an dòigh a tha ag obair dhaibh. Bidh cha mhòr a h-uile pàiste a’ com-pàirteachadh gu h-iomlan agus a’ gabhail pàirt ann an rannsachadh is cluich. Tha iad a’ faighinn taic le sàr eadar-obrachaidhean, eòlasan, cleachdadh cruthachail de dh’aitichean, agus teicneòlas.

Tha feumalachdan fa leth chloinne aig cridhe pròiseasan dealbhaidh is ath-bhreithneachaidh. Bidh sinn ag obair le teaghlaichean agus com-pàirtichean cudromach eile gu h-èifeachdach, gus làn aire a thoirt do dh’iomadachd fheumalachdan chloinne. Tha sinn a’ tuigsinn na deagh bhuaidh a dh’fhaodas a bhith aig co-obrachadh fìor èifeachdach air eòlasan chloinne, agus air na dòighean fa leth anns a bheil iad ag ionnsachadh.

Tha targaidean ionnsachaidh is leasachaidh pearsanta àrd-inbhe aig cloinn, a bhios a’ togail air ionnsachadh a bh’ aca roimhe. Bithear gan ath-sgrùdadh agus gan luachadh gu cunbhalach còmhla ri clann agus an teaghlaichean, agus com-pàirtichean cudromach eile. Thèid na h-ath cheumannan iomchaidh a chomharrachadh. Tha com-pàirteachasan làidir co-obrachail ann leis a h-uile duine a tha a’ toirt taic do chloinn, a’ gabhail a-steach aig prìomh amannan eadar-ghluasaid.

Taic uile-choitcheann a tha “lag”

Chan eil sinn misneachail nar dleastanas, tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne a thoirt seachad, a tha a’ gabhail a-steach a h-uile duine agus a tha stèidhichte air còraichean. Chan eil an solar againn a’ tabhann cothrom co-ionann do gach pàiste air eòlasan àrd-inbhe.

Chan eil sinn a’ dealbhadh no ag atharrachadh ionnsachadh gu cunbhalach gus coinneachadh ri feumalachdan chloinne fa leth. Chan eil sinn a’ cleachdadh àite no goireasan ann an dòigh a tha math gu leòr gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh agus conaltradh. Tha com-pàirteachasan le teaghlaichean agus proifeiseantaich eile gann, agus tha seo a’ toirt buaidh air ar comas taic fhiosraichte, chunbhalach a thoirt seachad air feadh an t-suidheachaidh.

Eisimpleirean airson comharrachadh agus measadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic chuimsichte

Comharrachadh agus measadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic chuimsichte a tha “glè mhath”

Thèid feumalachdan ionnsachaidh fa leth chloinne a chomharrachadh tràth, tro bheachd-sùla faiceallach agus mion-sgrùdadh èifeachdach air fiosrachadh measaidh làidir, bho raon de stòran. Tha seo a’ gabhail a-steach a bhith ag obair ann an com-pàirteachas dlùth le pàrantan agus co-obraichean gus làn aire a thoirt do dh’ionnsachadh agus feumalachdan chloinne roimhe seo.

Bidh sinn a’ dèanamh feum glè èifeachdach de na comharran sunnd nàiseanta gus luachadh iomlan a thoirt seachad air neartan agus feumalachdan taice chloinne. Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ comharrachadh clann le feumalachdan taice a bharrachd tràth agus gum bi iad a’ faighinn taic tro eadar-theachdan a tha air an dealbhadh gu math agus air an ath-sgrùdadh gu cunbhalach.

Tha luchd-obrach misneachail ann a bhith a’ cleachdadh raon de ro-innleachdan agus ghoireasan, a tha a’ gabhail a-steach a h-uile duine, gus coinneachadh ri feumalachdan eadar-mheasgte. Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh, co-rèireach ga libhrigeadh ann an deagh àm, a’ gabhail a-steach cuideachadh speisealta far a bheil feum air.

Bidh ar prìomh luchd-stiùiridh agus ar luchd-obrach a’ cumail gu h-iomlan ri riatanasan reachdail. Bidh sinn a’ toirt seachad taic àrd-inbhe agus cuimsichte do gach pàiste a dh’fheumas taic a bharrachd, a’ gabhail a-steach ruigsinneachd air teicneòlas didseatach, gus cnapan-starra a lughdachadh a thaobh in-ghabhail agus ionnsachadh.

Tha clann, teaghlaichean agus com-pàirtichean gu tur an sàs ann a bhith a’ dèanamh ath-sgrùdadh air adhartas chloinne agus a’ dèanamh cho-dhùnaidhean mu ionnsachadh agus taic san àm ri teachd. Tha eadar-theachdan cuimsichte gu math èifeachdach agus bidh iad a’ leantainn gu builean adhartach do chloinn.

Comharrachadh agus measadh feumalachdan ionnsachaidh agus taic chuimsichte a tha “lag”

Chan eil an dòigh-obrach againn airson feumalachdan taice a bharrachd chloinne, a chomharrachadh agus a mheasadh, air a leasachadh gu leòr fhathast. Chan eil sinn an-còmhnaidh a’ cleachdadh fiosrachadh bho bheachd-sùla, no luachadh gu h-èifeachdach, gus tuigse iomlan a thogail air neartan agus feumalachdan chloinne. Mar thoradh air sin, chan eil taic chuimsichte an-còmhnaidh co-rèireach, ga libhrigeadh ann an deagh àm, no a’ freagairt gu math ri clann fa leth.

Chan eil sinn fhathast misneachail mu ciamar a choinnicheas sinn ri riatanasan reachdail. Tha sin a’ ciallachadh gum faod dith soilleireachd, buaidh agus obair-leanmhainn a bhith san dealbhadh againn, agus tha sin a’ cuingealachadh comas air builean a leasachadh do chloinn.

Eisimpleirean airson in-ghabhaltachd agus co-ionannachd

In-ghabhaltachd agus co-ionannachd a tha “glè mhath”

Tha sinn an-còmhnaidh a’ cur luach nar cloinn agus teaghlaichean, agus a’ dèiligeadh riutha gu coibhneil, spèiseil, cothromach. Bidh sinn a’ brosnachadh agus a’ toirt taic do dh’in-ghabhail agus còraichean chloinne agus a’ brosnachadh a h-uile pàiste gu bhith an sàs gu h-iomlan ann am beatha an t-suidheachaidh. Bidh ar luchd-obrach a’ cleachdadh teicneòlas gu fìor èifeachdach, gus leigeil le gach pàiste pàirt a ghabhail gu h-iomlan ann an saoghal a tha a’ sìor fhàs didseatach, agus gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh theaghlaichean.

Tha sinn a’ cur luach air iomadachd agus a’ cur an aghaidh leth-bhreith. Bidh ar luchd-obrach ag obair ann an com-pàirteachas le pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean gus iomadachd adhartachadh agus taic a chur ris agus gus eòlasan chloinne a neartachadh.

Tha an luchd-obrach glè eòlach air a h-uile pàiste agus teaghlach. Tha sinn a’ tuigsinn a’ cho-theacsa shòisio-eaconamach, cultarail agus cànan aca. Bidh luchd-obrach a’ cleachdadh an fhiosrachaidh seo gus freagairt gu mothachail, le taic, aig an àm cheart. Tha an taic seo a’ toirt aire do dh’fheumalachdan chloinne aig a bheil eòlas air cùram agus do dh’fheartan dìonta a h-uile pàiste is teaghlaich. Tha ro-innleachdan air leth èifeachdach againn gus adhartas a leasachadh airson a h-uile pàiste. Tha fòcas soilleir air an fheadhainn a tha a’ fulang dùbhlàn no bacaidhean a thaobh an ionnsachaidh no an in-ghabhaltachd.

In-ghabhaltachd agus co-ionannachd a tha “lag”

Chan eil sinn fhathast a’ nochdadh dealas làidir a thaobh in-ghabhaltachd agus co-ionannachd ann am beatha is obair an t-suidheachaidh. Chan eil clann le feumalachdan taice a bharrachd an-còmhnaidh air an gabhail a-steach gu h-iomlan. Chan eil sinn a’ gabhail cheumannan èifeachdach gus cnapan-starra a thaobh com-pàirteachadh a lughdachadh. Chan eil sinn an-còmhnaidh ag aithneachadh no a’ freagairt ri leth-bhreith, agus chan eil sinn a’ dèanamh feum èifeachdach de dhàta no co-theacsa ionadail gus fiosrachadh a thoirt do chleachdadh cothromach.

Ceistean dùbhlain airson sunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Gu dè an ìre a bhios ar dòighean-obrach a thaobh in-ghabhaltachd agus co-ionannachd a' toirt buaidh mhath air sunnd chloinne?
- Dè cho math 's a tha sinn a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne fa leth, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' fulang dùbhlain a bharrachd? Dè cho èifeachdach 's a tha ar dòigh-obrach a thaobh dealbhadh airson clann a dh'fheumas taic a bharrachd?
- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' toirt a-steach pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean ann a bhith a' dealbhadh agus a' libhrigeadh taic chuimsichte do chloinn fa leth? Dè na dòighean anns a bheil sinn a' toirt a-steach clann, pàrantan/luchd-cùraim agus com-pàirtichean ann a bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh air buaidh taic chuimsichte?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' toirt taic do chloinn aig prìomh phuingeann eadar-ghluasaid gus dèanamh cinnteach mu leantainneachd ann an sunnd agus in-ghabhaltachd?
- Dè cho èifeachdach 's a tha na dòighean-obrach againn a thaobh builean a leasachadh do chloinn? Gu dè an ìre a bhios iad sin air an daingneachadh le bhith ga fhaighinn ceart airson gach leanabh?
- Dè cho math 's a tha tuigse againn air Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne (UNCRC) agus ciamar a tha e air a fhreumhachadh nar cleachdadh?
- Gu dè an ìre a bhios sàr ionnsachadh proifeasanta cunbhalach againn gus taic a thoirt do shunnd, in-ghabhaltachd agus co-ionannachd? Dè a' bhuidheann a th' aig an t-ionnsachadh phroifeasanta seo?
- Gu dè an ìre a bhios tuigse chuimsichte, cho-roinnte againn air ar dleastanasan reachdail, gus taic a thoirt do gach pàiste?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' brosnachadh chloinne gus sgrùdadh a dhèanamh air na faireachdainnean, na beachdan, na luachan agus na creideasan a bheir buaidh air am beatha ann an dòigh a tha iomchaidh a thaobh an leasachaidh?
- Gu dè an ìre a bhios ar cleachdadh a' cruthachadh feallsanachd a nì cinnteach mu cho-ionannachd agus a tha a' comharrachadh iomadachd?

Adhartas chloinne

'S e comharradh càileachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a th' ann an adhartas chloinne. Tha eisimpleirean de chleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Cuidichidh iad sin thu gus luachadh a dhèanamh air do chleachdadh làithreach agus raointean airson fàs a chomharrachadh.

Cuspairean airson adhartas chloinne

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- adhartas chloinne thar ùine
- càileachd iomlan coileanadh chloinne
- dèanamh cinnteach mu cho-ionannachd do gach pàiste

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra càileachd seo a' nochdadh na h-ìre a bhios clann a' dèanamh adhartas brioghmhor nan ionnsachadh is nan leasachadh thar ùine. Tha e ag amas air nàdar iomlanach ionnsachadh is leasachadh chloinne. Tha e a' dèanamh cinnteach gu bheil na bunaitean sin tèarainte gus soirbheachas is coileanadh san àm ri teachd, a thoirt gu buil. Tha feum air tuigse shoilleir is cho-roinnte air oide-eòlas tràth-ionnsachaidh is leasachadh chloinne, le taic bho cheannardas oide-eòlais làidir. Tha e a' nochdadh na dòigh aonaichte anns a bheil clann ag ionnsachadh agus cho cudromach 's a tha sàr eadar-obrachaidhean, eòlasan is àitichean. Tha e a' nochdadh gu bheil tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne àrd-inbhe a' cur ri bhith a' dùnadh na beàirn choileanaidh agus a' dèanamh cinnteach à co-ionannachd dha na h-uile.

Tha cuideam mòr aig a' chomharra càileachd seo air cleachdadh dàta agus fianais bhrìoghmhor gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh san àm ri teachd agus gus aithris a thoirt do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas an cuid chloinne. Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne ann a bhith a' dùnadh na beàirn choileanaidh co-cheangailte ri bochdainn agus a' dèanamh cinnteach mu cho-ionannachd do gach pàiste.

Cuspairean airson adhartas chloinne thar ùine

Adhartas chloinne thar ùine a tha “glè mhath”

Anns an t-suidheachaidh againn, bidh clann a’ dèanamh adhartas glè mhath thar, cha mhòr, a h-uile roinn den ionnsachadh agus den leasachadh aca, mar thoradh air sàr eòlasan tràth-ionnsachaidh. Bho na h-ìrean as tràithe, tha clann a’ fàs nas misneachaile, nas foghaintiche agus nas neo-eisimeilich mar luchd-ionnsachaidh. Bho na h-ìrean as tràithe, tha a h-uile pàiste, a’ gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taice a bharrachd, a’ faighinn taic mhath gus roghainnean a dhèanamh, agus an ionnsachadh agus an adhartas a cho-roinn, nan dòigh fhèin.

Bidh fòcas làidir air slàinte is sunnd a’ neartachadh ionnsachadh chloinne. Bidh clann a’ leasachadh agus a’ cur an sàs an sgilean tràtha cànan is litearrachd, àireamhachd is matamataig, gu math thar grunn eòlasan mac-meanmnach is fìor-bheatha. Tha clann misneachail eòlasan ùra fheuchainn thar a’ churraicealaim fhad ‘s a bhios iad a’ faighinn eòlas is tuigse air an t-saoghal. Tha taic ga thoirt dhaibh gus togail air na dh’fhiosraich iad roimhe, agus sgilean ùra is deagh bheachd a thaobh ionnsachadh a leasachadh.

Bidh ar luchd-obrach a’ dèanamh bhreithneachaidhean proifeasanta, pongail, mu ionnsachadh cudromach agus adhartas chloinne thar ùine, stèidhichte air tuigse cho-roinnte air ar fianais làidir. Tha prìomh dhreuchd aig àrd-luchd-stiùiridh ann a bhith a’ mìneachadh agus a’ cleachdadh dàta le luchd-obrach gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh san àm ri teachd gus deagh bhuilean a dhèanamh tèarainte do chloinn. Bidh sinn ag obair còmhla ri pàrantan/luchd-cùraim, co-obraichean, agus far a bheil e iomchaidh, proifeiseantaich eile gus fiosrachadh aontachadh agus a cho-roinn mu adhartas chloinne.

Adhartas chloinne thar ùine a tha “lag”

Chan eil sinn fhathast a’ nochdadh tuigse mhath air oide-eòlas tràth-ionnsachaidh no leasachadh chloinne. Mar thoradh air sin, chan eil clann a’ dèanamh adhartas gu leòr thar taobhan den ionnsachadh agus leasachadh aca. Ged a dh’fhaodadh cuid de chloinn neartan a nochdadh, chan eil na h-eòlasan a thathar a’ toirt seachad a’ togail gu cunbhalach air ionnsachadh roimhe no a’ toirt taic do dh’adhartas seasmhach. Chan eil clann a’ faighinn taic chunbhalach gus misneachd, neo-eisimeileachd no foghainteachd, a leasachadh. Chan eil sinn a’ cleachdadh breithneachadh proifeasanta no fianais gu cunbhalach, gus tuigse fhaighinn air adhartas chloinne thar ùine agus sùil a chumail air.

Cuspairean airson càileachd iomlan choileanaidh chloinne

Càileachd iomlan coileanadh chloinne a tha “glè mhath”

Tha luach ga chur ann an soirbheas gach pàiste fa leth, agus tha e ga aithneachadh agus ga chomharrachadh gu cunbhalach. Tha teaghlaichean a' faireachdainn gun urrainn dhaibh coileanadh agus soirbheas chloinne bho thaobh a-muigh an t-suidheachaidh a cho-roinn. Tha am fiosrachadh seo air a chleachdadh gu brìghmhor gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh, a' toirt cothrom do chloinn togail air an t-ionnsachadh roimhe aca agus adhartas seasmhach a dhèanamh.

Tha clann nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, misneachail agus earbsach, a chuireas gu h-èifeachdach ri beatha an t-suidheachaidh, na coimhearsnachd nas fharsainghe, agus nas fhaide a-muigh. Tha ar luchd-obrach ag aithneachadh agus a' cur luach ann an neartan gach pàiste. Bidh sinn a' cleachdadh fios-air-ais agus moladh ann an dòigh bhrighmhor airson clann a chuideachadh gus na coileanaidhean aca aithneachadh agus a chomharrachadh. Tha clann a' leasachadh agus a' coileanadh raon de sgilean agus bhudhan buntainneach tro bhith an sàs ann an raon farsaing de dh'eòlasan àrd-inbhe air feadh a' churraicealaim.

Càileachd iomlan coileanadh chloinne a tha “lag”

Chan eil coileanadh chloinne air aithneachadh, luach ga chur ann no air a chleachdadh gu cunbhalach gus fiosrachadh a thoirt seachad mu ionnsachadh. Chan eil sinn gu cunbhalach a' cruinneachadh no a' cleachdadh fiosrachadh mu shoirbheas chloinne bho thaobh a-muigh an t-suidheachaidh. Mar thoradh air sin, chan eil clann a' faighinn taic gus meòrachadh air an adhartas agus a chomharrachadh, no na dh'ionnsaich iad a chur an sàs. Bidh iad a' call chothroman gus mothachadh làidir air am pearsa fhèin a leasachadh, tuigse fhaighinn air na comasan aca fhèin, agus togail air an coileanaidhean.

Chan eil sinn a' cleachdadh fios-air-ais agus moladh gu h-èifeachdach gus cuideachadh a thoirt do gach pàiste aithneachadh dè a tha iad air a choileanadh no gus na h-ath cheumannan nan ionnsachadh a chomharrachadh. Tha seo a' bacadh togradh, misneachd agus comas cur gu brìghmhor ri beatha an t-suidheachaidh no na coimhearsnachd nas fharsainghe.

Cuspairean airson dèanamh cinnteach mu cho-ionannachd do gach pàiste

Dèanamh cinnteach mu cho-ionannachd do gach pàiste a tha “glè mhath”

Bidh sinn a’ toirt aire mhath do dh’fheumalachdan ionnsachaidh eadar-dhealaichte cloinne agus don cho-theacsa chultarail, sòisio-eaconamach agus cànan aca. Bidh sinn a’ cleachdadh raon de dhàta gus leigeil leinn freagairt gu mothachail le taic aig an àm cheart, a’ toirt aire do chloinn fa leth agus suidheachadh an teaghlaich.

Stèidhichte air fianais làidir, bidh sinn gu gnìomhach a’ dealbhadh agus a’ cumail sùil air raon de thaic, gus cnapan-starra do dh’ionnsachadh is leasachadh a lughdachadh, far a bheil sin comasach. Tha seo a’ gabhail a-steach clann aig a bheil eòlas air cùram. Bidh sinn a’ luachadh buaidh ro-innleachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a’ leantainn gu builean nas fheàrr airson a h-uile pàiste.

Tha dòigh-obrach chunbhalach a’ toirt fiosrachadh dhuinn mu na dh’fheumas tachairt, gus dèanamh cinnteach gum bi clann a’ leantainn air adhart a’ dèanamh adhartas nan ionnsachadh is nan leasachadh. Bidh sinn ag obair gu fìor èifeachdach le com-pàirtichean, nam measg pàrantan/luchd-cùraim, gus builean nas fheàrr fhaighinn do chloinn.

Dèanamh cinnteach mu cho-ionannachd do gach pàiste a tha “lag”

Chan eil sinn a’ toirt aire chunbhalach do dh’fheumalachdan fa leth chloinne no don cho-theacsa shòisio-eaconamach, cultarail no cànan aca. Chan eil an dòigh ’s a bheil sinn a’ cleachdadh dàta làidir gu leòr airson beàrnan a chomharrachadh no fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh.

Chan eil sinn a’ nochdadh tuigse shoilleir air mar a bheir bochdainn buaidh air ionnsachadh is leasachadh chloinne. Mar thoradh air sin, chan eil taic air a deagh chuimseachadh no air a toirt seachad ann an deagh àm. Chan eil sinn a’ gabhail cheumannan èifeachdach gus cnapan-starra a lughdachadh, no a’ bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn, a dhùnadh. Chan eil na dòighean-obrach againn èifeachdach airson com-pàirteachasan a thogail agus a chumail suas le teaghlaichean agus proifeiseantaich. Tha seo a’ cuingealachadh ar comais air builean a leasachadh do chloinn.

Ceistean dùbhlain airson adhartas is coileanadh chloinne

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' togail air na sgilean agus eòlasan a bheir clann leotha bhon dachaigh gus dèanamh cinnteach gum bi iad a' dèanamh an adhartais as fheàrr a ghabhas?
- Dè na dòighean anns a bheil sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-eadar-obrachaidhean, na h-eòlasan agus na h-àitichean againn a' toirt taic do chloinn gus adhartas a dhèanamh thar cha mhòr a h-uile roinn den ionnsachadh aca?
- Dè cho math 's a bhios sinn a' cleachdadh fiosrachadh measaidh gus an t-adhartas a bhios clann a' dèanamh thar ùine a chomharrachadh?
- Dè na dòighean anns an urrainn dhuinn coileanaidhean chloinne a nochdadh, agus an raon sgilean a chaidh a leasachadh mar thoradh air an eòlas thràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne?
- Dè cho èifeachdach 's a bhios sinn a' roinn fiosrachadh mu adhartas chloinne le teaghlaichean agus buidhnean com-pàirteachaidh buntainneach, a' gabhail a-steach co-obraichean a tha ag obair taobh a-staigh agus thar na h-ìre thràith? Ciamar a bhios seo a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn eòlas air ionnsachadh leantainneach agus adhartach?
- Dè na dòighean sam bi sinn a' cleachdadh fios bho theaghlaichean mu choileanadh chloinne? Dè an dòigh 's a bheil seo a' toirt deagh bhuaidh air adhartas chloinne? Dè cho èifeachdach 's a bhios sinn a' cruinneachadh, a' sgrùdadh agus a' cleachdadh dàta gus fiosrachadh a thoirt do dhealbhadh san àm ri teachd agus gus dèanamh cinnteach mu cho-ionannachd dha na h-uile?
- Dè na dòighean anns am bi sinn ag obair le com-pàirtichean, nam measg pàrantan/luchd-cùraim, gus dèanamh cinnteach gum bi eòlas cothromach aig cloinn air tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne? Ciamar a tha seo a' toirt taic do gach pàiste gus an adhartas as fheàrr a dhèanamh?

Dìon chloinne

'S e comharra càileachd Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a th' ann an dìon chloinne.

Tha eisimpleirean airson cleachdadh agus ceistean dùbhlain gu h-ìosal. Mar phàirt den fhèin-luachadh agad, faodaidh na cuspairean seo do chuideachadh le bhith a' meòrachadh air a' chleachdadh làithreach agad agus a' comharrachadh raointean airson leasachadh.

Tha eisimpleirean rim faighinn cuideachd airson suidheachaidhean luchd-airich-chloinne agus cùram-cloinne aois sgoile.

Cuspairean airson dìon chloinne

Is iad na cuspairean airson a' chomharra càileachd seo:

- cultar sàbhailteachd agus sunnd
- reachdas, poileasaidh agus stiùireadh ann an cleachdadh
- cumhachdachadh luchd-obrach agus chloinne

Mu dheidhinn a' chomharra càileachd seo

Tha an comharra seo a' buntainn ri raon dleastanasan luchd-stiùiridh, luchd-obrach agus chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann sàbhailte, a' faighinn deagh chùram agus air an dìon bho chron. Tha e a' nochdadh gu feum a h-uile duine cultar a bhrosnachadh a bhios a' cur luach air, a' cumail suas, a' tuigsinn agus ag adhartachadh còraichean chloinne. Tha cuideam air an fheum air dealas co-roinnte a stèidheachadh agus a chumail suas, airson leas is dìon chloinne adhartachadh, a tha fighte a-steach do chultar sàbhailteachd, tèarainteachd agus sunnd.

Tha e a' nochdadh an fheum air aire chùramach a thoirt do shunnd is sàbhailteachd chloinne mar phàirt de dhòighean-obrach làidir airson fèin-luachadh. Tha e a' nochdadh an fheum air tuigse agus buileachadh reachdas, poileasaidh agus comhairle bhuntainneach, a tha air a stiùireadh le sàr ionnsachadh proifeasanta, stèidhichte air fianais. Tha an comharra ag aithneachadh cho cudromach 's a tha pròiseasan làidir a tha a' toirt taic do luchd-obrach agus gan stiùireadh gus draghan mu shunnd, dìon chloinne no sàbhailteachd aithneachadh, freagairt a thoirt dhaibh, an clàradh agus aithris a dhèanamh orra gu h-ìomchaidh.

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air cudromachd a bhith a' togail deagh dhàimhean agus com-pàirteachasan èifeachdach gus cloinn a dhìon. Tha e ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e taic a thoirt do luchd-obrach, clann agus teaghlaichean gus ionnsachadh ann an dòigh mhothachail mu shunnd chloinne agus a' chòir a bhith sàbhailte agus èisteachd fhaighinn. Tha e a' nochdadh an fheum dèanamh cinnteach gu bheil taic mhath aig a h-uile pàiste agus neach-obrach, gus an cuideachadh a dh'fheumas iad fhaighinn aig an àm cheart, airson dèanamh cinnteach gu bheil clann air an dìon.

Eisimpleirean airson cultar sàbhailteachd agus sunnd

Cultar sàbhailteachd agus sunnd a tha “glè mhath”

Bidh an fheallsanachd againn a’ brosnachadh còraichean is co-ionannachd chloinne gu mothachail agus gu h-èifeachdach. Tha seo air a chumail suas le ceannardas làidir, a bheir cumhachd don luchd-obrach gu lèir, gus cleachdaidhean dìon chloinne a leasachadh gu leantainneach air feadh an t-suidheachaidh. Tha sinn a’ tuigsinn ar dleastanas laghail cho-roinnte a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil pàistean is clann slàn is sàbhailte agus gu bheil taic aca gus soirbheachadh.

Bidh ar luchd-stiùiridh a’ toirt taic èifeachdach don luchd-obrach gu lèir gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse mhath againn air na dleastanasan co-roinnte againn. Bidh sinn a’ dèanamh cinnteach gu bheil saor-thoilich agus luchd-obrach sealach sam bith làn mhothachail air na rèiteachaidhean againn airson dìon chloinne. Tha cultar cunntachalachd agus ionnsachadh leantainneach againn, air a stiùireadh le cleachdadh làidir meòrachail. Tha sinn a’ tuigsinn gum faod eadar-ghluasadan mar phàirt de chleachdaidhean làitheil no amannan atharrachadh mòr, buaidh a thoirt air cloinn ann an diofar dhòighean. Bidh ar cleachdadh làidir stèidhichte air còraichean agus fiosraichte mu chruaidh-chàs a’ dèanamh cinnteach gu bheil sinn a’ smaoinachadh ro-làimh agus a’ freagairt gu sgiobalta agus gu mothachail gus cloinn a dhìon.

Tha sinn a’ tuigsinn gu bheil feumalachdan agus eòlasan chloinne agus teaghlaichean eadar-dhealaichte. Tha sinn a’ toirt prìomhachas do bhith a’ brosnachadh chom-pàirteachasan nar coimhearsnachd agus le teaghlaichean, gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn ag obair gu math còmhla airson clann a chumail sàbhailte. Bidh sinn a’ roinn fiosrachadh gu gnìomhach mu thaic teaghlaich a dh’fhaodas cuideachadh tràth a thabhann ann an dòigh mhothachail, gus dèiligeadh ri feumalachdan agus gus casg a chur air cunnartan do chloinn.

Cultar sàbhailteachd agus sunnd a tha “lag”

Chan eil an fheallsanachd againn a’ cumail suas, no a’ brosnachadh chòraichean chloinne gu h-èifeachdach. Chan eil dòighean-obrach air an cur an sàs a leigeas le luchd-obrach èisteachd gu gnìomhach ri clann agus dàimhean earbsach a leasachadh. Chan eil feart no spèis ga thoirt do bheachdan chloinne. Chan eil clann is teaghlaichean a’ faireachdainn gu bheil earag ag èisteachd riutha.

Chan eil ar luchd-stiùiridh air feumalachdan trèanadh luchd-obrach, a thaobh sunnd no dìon chloinne a chomharrachadh, no a làimhseachadh, gu h-ìomchaidh. Chan eil uallach co-roinnte ann airson ionnsachadh proifeasanta leantainneach agus fèin-mheòrachadh. Nuair a thèid trèanadh a thoirt seachad, chan eil sinn a’ cur an sàs ionnsachadh ùr gu h-èifeachdach no ag ùrachadh chleachdaidhean.

Cha tèid draghan a thig am bàrr aithneachadh no a dh’fhreagairt ann an dòigh mhothachail agus ann an deagh àm an-còmhnaidh. Chan eil sinn fhathast air dòighean-obrach cunbhalach a stèidheachadh, gus còraichean chloinne a thaobh sàbhailteachd agus dìon a chumail suas.

Eisimpleirean airson reachdas, poileasaidh agus stiùireadh ann an cleachdadh

Reachdas, poileasaidh agus stiùireadh ann an cleachdadh a tha “glè mhath”

Tha tuigse fharsaing againn air na poileasaidhean dìon againn, a bhios sinn a’ cur an sàs gu cunbhalach air feadh ar n-obrach. Bidh an sgioba againn ag obair gu dlùth gus draghan a chomharrachadh, a chlàradh agus a dh’fhreagairt gu h-èifeachdach. Tha rèiteachaidhean dìon air an cur an gnìomh gu math agus air an sgrùdadh. Bidh sinn a’ cleachdadh ar n-eòlais air cleachdadh as fheàrr agus modhan-obrach a-staigh ann an raointean leithid trusadh agus foillseachadh dhraghan, gus clann a chumail sàbhailte.

Tha sinn dealasach a thaobh clann a dhìon bho chron. Tha modhan-obrach soilleir againn, a leigeas le luchd-obrach agus saor-thoilich draghan innse mu cho-obrachiche no neach-stiùiridh, ma tha iad nan cunnart do phàiste. Tha ar poileasaidh agus ar modhan-obrach a’ toirt cumhachd do gach neach, cùisean dìon chloinne ris nach eileas a’ dèiligeadh gu h-ìomchaidh, a thogail.

Tha an dòigh-obrach làidir againn a thaobh fèin-luachadh a’ toirt làn-fhiosrachadh do na h-ullachaidhean againn airson draghan mu shunnd no sàbhailteachd chloinne aithneachadh, freagairt riutha, an clàradh agus aithris. Bidh sinn a’ cleachdadh reachdas, stiùireadh nàiseanta agus poileasaidhean gus taic a thoirt don fhèin-luachadh againn. Bidh sinn gu gnìomhach a’ toirt aire do dh’fhiosrachadh ùr, leasachaidhean poileasaidh agus cùisean a tha a’ tighinn am bàrr gus ar cleachdadh a leasachadh.

Tha pròiseasan dìon chloinne glè èifeachdach againn gus taic a thoirt don chonaltradh againn le buidhnean eile. Tha ar luchd-obrach misneachail ann a bhith a’ cleachdadh nan dòighean-obrach seo. Tha tuigse shoilleir againn air ar dreuchd agus ar dleasan gus clann a chumail sàbhailte, agus cuin a bu chòir fiosrachadh a ch-roinn le daoine eile.

Bidh an dòigh-obrach fhor-ghnìomhach againn a’ beachdachadh gu faiceallach air neartan, feumalachdan, cunnartan agus factaran dìon cloinne fa leth agus an teaghlaichean. Bidh sinn a’ toirt aire shònraichte do dh’fheumalachdan sònraichte chloinne fa leth, a’ gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taice a bharrachd no aig a bheil eòlas air cùram. Bidh an cleachdadh cunbhalach againn de dhòighean-obrach soilleir gar cuideachadh gu mòr ann a bhith a’ leasachadh agus a’ cumail suas chom-pàirteachasan èifeachdach. Bidh beachdan chloinne agus theaghlaichean a’ toirt làn bhuaidh air na co-dhùnidhean agus na gnìomhan againn a tha air am breithneachadh gu faiceallach.

Reachdas, poileasaidh agus stiùireadh ann an cleachdadh a tha “lag”

Tha ar tuigse lag agus ar buileachadh neo-èifeachdach air stiùireadh nàiseanta a’ ciallachadh nach eil poileasaidhean agus reachdas air an cur an gnìomh gu h-èifeachdach. Dh’fhaodadh dìth dhleasan soilleir agus dìth uallaichean co-roinnte droch bhuaidh a thoirt air sàbhailteachd agus cùram chloinne.

Tha dith stiùireadh sònraichte anns na poileasaidhean againn mu dhìon chloinne agus mar a chuireas sinn draghan an cèill nuair a bhios cuideigin san sgioba againn, a' gabhail a-steach cuideigin ann an dreuchd ceannardais, a dh'fhaodadh a bhith na chunnart do chloinn. Chan eil iad soilleir a bharrachd mu dè bu chòir a dhèanamh nuair nach eil cùis dìon chloinne ga làimhseachadh ceart.

Chan eil na cleachdaidhean cumail chlàran againn cunbhalach, no a' glacadh ceart, mar a dh'fhaodadh diofar sheòrsaichean cron cunnart a chruthachadh, no a mheudachadh, do phàiste. Tha cothroman air chall gus dèanamh cinnteach gu bheil taic ann, no gu bheil gnìomh iomchaidh air a ghabhail. Chan eil ceumannan a tha air an aontachadh, a bhios a' cuingealachadh leasachaidhean air sunnd chloinne, air an leantainn gu cunbhalach. Chan eil fiosrachadh deatamach airson clann a chumail sàbhailte aig luchd-obrach a bu chòir, no air a cho-roinn gu h-iomchaidh le buidhnean com-pàirteachais. Dh'fhaodadh na beàrnan seo sàbhailteachd agus cùram chloinne a chur ann an cunnart.

Eisimpleirean airson cumhachdachadh luchd-obrach agus chloinne

Cumhachdachadh luchd-obrach agus chloinne a tha “glè mhath”

Bidh sinn mothachail air cruaidh-chàs anns a h-uile cleachdadh agus eadar-obrachadh againn le clann, an teaghlaichean agus daoine taobh a-staigh agus taobh a-muigh an sgioba againn. Bidh sinn a’ neartachadh dhàimhean earbsach agus urramach le clann, teaghlaichean agus a’ choimhearsnachd ionadail. Tha ar n-eadar-obrachadh stèidhichte air còraichean chloinne. Tha sinn glè eòlach air clann fa leth. Bidh sinn a’ conaltradh gu modhail le teaghlaichean agus le chèile gus aithne iomlan a chur air clann agus na feumalachdan sunnd aca. Leigidh seo leinn clann agus teaghlaichean a chomharrachadh, a dh’fhaodadh a bhith ann an cunnart bho chron, agus freagairt gu h-iomchaidh.

Is e sgioba sàr sgileil a th’ annainn le tuigse dhomhainn air cleachdaidhean dìon chloinne, agus bidh sinn ga cur an sàs gus àrainneachdan sàbhailte is earbsach a chruthachadh dha na h-uile. Bidh clann a’ faireachdainn tèarainte nuair a bhios iad a’ cur am beachdan an cèill, ag innse mu dhraghan agus ag iarraidh cuideachadh. Tha sinn a’ cur prìomhachas air èisteachd le co-fhaireachdainn agus freagairt le cùram. Tha seo air a chumail suas le sgioba ceannardais co-fhaireachail a bhios a’ cumhachdachadh chàich, agus a chuireas luach air sunnd luchd-obrach, agus a bhrosnaicheas fosgarrachd.

Bidh sinn a’ libhrigeadh chothroman brosnachail gu cunbhalach far am bi clann a’ luachadh agus a’ riaghladh chunnartan iomchaidh agus ag ionnsachadh mar a chumas iad sàbhailte. Tro ar n-eadar-obrachaidhean freagairteach agus taic a tha air a dheagh bhreithneachadh, bidh sinn a’ cuideachadh chloinne gus sgilean a thogail agus ionnsachadh, mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte. Bidh clann a’ leasachadh foghainteachd agus an tuigse air sàbhailteachd chorpóra agus fhaireachdainnean, gu fìor mhath.

Tha na dòighean-obrach smaoineachail againn a’ toirt taic mhath do theaghlaichean gus ionnsachadh mu dhìon chloinne agus còraichean chloinne anns an t-suidheachadh againn. Tha seo a’ toirt a-steach sàr chothroman do chloinn agus do phàrantan gus an fhoghainteachd saidhbeir agus sgilean sàbhailteachd eadar-lìn a leasachadh.

Cumhachdachadh luchd-obrach agus chloinne a tha “lag”

Chan eil sinn an-còmhnaidh a’ tuigsinn no a’ toirt urram do na diofar dhòighean anns a bheil clann a’ cur an cèill am beachdan agus an eòlasan. Is ann ainneamh a bhios sinn a’ mothachadh na tha clann a’ cur an cèill tro fhaclan no gnìomhan. Mar thoradh air sin, is dòcha nach aithnich sinn comharra chudromach a’ ciallachadh gum feum pàiste dìon no taic, agus nach dèan sinn dad mu dheidhinn. Chan eil sinn ag aithneachadh ar pàirt ann a bhith a’ toirt taic do chloinn gus foghainteachd a thogail. Chan eil luach gu leòr ga chur ann an cleachdaidhean seasmhach, cunbhalach. Faodaidh atharrachaidhean tric san sgioba-obrach agus dòighean-obrach neo-chunbhalach, a dhèanamh duilich do chloinn dàimhean tèarainte, earbsach a chruthachadh le luchd-obrach.

Chan eil sinn a' sealltainn gu cunbhalach gu bheil eòlas obrachaidh againn air cleachdaidhean dìon chloinne. Chan eil sinn air ar brosnachadh no a' faighinn taic a bhith for-ghnìomhach ann a bhith ag aithneachadh, a' freagairt ri, a' lughdachadh no a' cur às do chron do chloinn. Chan eil pròiseasan soilleir ann airson draghan a thogail, no chan eil iad air an cur an gnìomh gu cunbhalach.

Ceistean dùbhlain airson dìon chloinne

Faodaidh na ceistean dùbhlain a leanas taic a thoirt do dh'fhèin-luachadh:

- Dè cho èifeachdach 's a tha luchd-stiùiridh agus luchd-obrach a' cur stiùireadh nàiseanta an gnìomh agus a' toirt aire do reachdas gus clann a chumail sàbhailte, tèarainte agus air an dìon bho chionn?
- Gu dè an ìre a bhios ar dàimhean ri cloinn, luchd-obrach, teaghlaichean, com-pàirtichean agus a' choimhearsnachd ionadail ag adhartachadh leas is sàbhailteachd chloinne?
- Dè cho math 's a bhios na pròiseasan fèin-luachaidh agus dearbhadh càileachd againn a' toirt taic do leasachaidhean ann an dìon? Gu dè an ìre a bhios iad a' neartachadh rointean leithid trusadh luchd-obrach is saor-thoilich, dealbhadh pearsanta, agus cleachdadh gus clann a chumail sàbhailte fhad 's a tha iad a' cluich agus ag ionnsachadh?
- Gu dè an ìre a bhios sàr ionnsachadh cunbhalach, proifeasanta a' leasachadh ar cleachdaidh?
- Dè na h-atharrachaidhean a rinn sinn mar thoradh air ionnsachadh proifeasanta? Ciamar a tha fios againn gu bheil buaidh mhath air a bhith aig atharrachadh cleachdaidh air clann agus/no luchd-obrach?
- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' comharrachadh agus a' toirt taic do chloinn a tha ann an cunnart bho chionn, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha air, no a bha roimhe air, a' chlàr dìon-chloinne?
- Dè cho èifeachdach 's a bhios sinn a' comharrachadh agus a' toirt taic do chloinn aig a bheil eòlas air cùram agus a tha a' fuireach le teaghlaichean càirdeis, altraim no uchd-mhacachd, no ann an cùram-còmhnaidh?
- Dè cho math 's a bhios sinn a' clàradh agus a' roinn fiosrachadh buntainneach ann an clàran-ama, gus ar gnìomhan a stiùireadh agus gus builean a leasachadh do chloinn is do theaghlaichean?
- Dè an fhianais a tha ag innse dhuinn gu bheil sinn a' cleachdadh dòigh-obrach a tha fiosraichte mu chruaidh-chàs, gu h-èifeachdach?
- Dè cho èifeachdach 's a tha luchd-obrach a' toirt taic do chloinn, do phàrantan agus dha chèile gus foghainteachd saidhbeir agus sgilean sàbhailteachd eadar-lìn a leasachadh?
- Dè na dòighean anns am bi sinn a' dìon urram chloinne, agus aig an aon àm, a' cumail suas an sàbhailteachd agus an sunnd?
- Dè cho èifeachdach 's a bhios luchd-obrach a' toirt taic do chloinn, gus ionnsachadh mar a dh'aithnicheas agus a riaghlas iad cunnart, fhad 's a bhios iad a' cluich agus ag ionnsachadh?

- Dè cho math 's a tha feumalachdan sunnd luchd-obrach air an aithneachadh agus a' faighinn taic nur cleachdaidhean a thaobh dìon chloinne?

Fios conaltraidh

Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim

Taigh na Combaist

11 Slighe Taobh na h-Aibhne

Dùn Dè

DD1 4NY

Fòn: 01382 207100

Post-d: enquiries@careinspectorate.gov.scot

Làrach-lìn: www.careinspectorate.com

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirce Gnìomhachais Almondvale

Baile Dhunlèibhe

EH54 6GA

Fòn: 0131 244 4330

Post-d: enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

Làrach-lìn: www.education.gov.scot

Tha frèam-obrach leasachadh càileachd nan roinnean tràth-ionnsachaidh agus cùram-cloinne ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba cuideachd.

